



Eachdraidh Àrd-Ìre

Còd a' chùrsa:	C872 76
Còd measaidh a' chùrsa:	X872 76
SCQF:	Ìre 6 (24 puingean creideis SCQF)
Dligheach bho:	seisean 2024–25

Tha sònrachadh a' chùrsa a' solarachadh fiosrachadh mionaideach mun chùrsa agus mu mheasadh a' chùrsa gus dèanamh cinnteach gun tèid measadh cunbhalach is soilleir a dhèanamh bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt cunntas mu structair a' chùrsa agus mu measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a thathas a' measadh.

'S anndo thidsearan agus òraidichean a tha an sgrìobhainn seo agus tha am fiosrachadh riatanach air fad ann airson an cùrsa a lìbhrigeadh.

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho permissions@sqa.org.uk.

An t-eagran seo: An Cèitean 2024 (tionndadh 5.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2018, 2019, 2023, 2024

Clàr-innse

Tar-shealladh cùrsa	1
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar agus amasan	2
Cò dha a tha an cùrsa?	3
Susbaint a' chùrsa	4
Sgilean, eòlas agus tuigse	4
Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh	26
Measadh Cùrsa	27
Structar measadh cùrsa: pàipear cheistean	27
Structar measadh cùrsa: Obair shònraichte	29
Rangachadh	32
Co-ionannachd agus in-ghabhaltas	33
Tuilleadh fiosrachaidh	34
Pàipear-taic 1: notaichean taic cùrsa	35
Ro-ràdh	35
Leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse	35
Modhan ionnsachaidh is teagaisg	35
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	54
Leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh	57
Pàipear-taice 2: ceist le dà stòr (Dè an ìre is gu bheil stòran... ag innse dhuinn mu dhiofar mhìneachaidhean air...)	59
Ro-ràdh	59
Eisimpleir de cheist 1	59
Eisimpleir de cheist 2	60
Buidheachas còir-lethbhreac	61
Eisimpleirean de cheistean: stiùireadh comharrachaidh	62

Tar-shealladh cùrsa

Tha an cùrsa air a dhèanamh suas à 24 puingeann creideis SCQF a tha a' gabhail a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. Is e 160 uair a thìde an ùine bheachdach do dh'oileanaich airson crìoch a chur air a' chùrsa.

Tha trì co-phàirtean sa mheasadh cùrsa.

Co-phàirt	Comharran	Ùine
Co-phàirt 1: pàipear cheistean 1 — eachdraidh Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail	44	1 uair agus 30 mionaid
Co-phàirt 2: pàipear cheistean 2 — eachdraidh Alba	36	1 uair agus 30 mionaid
Co-phàirt 3: obair shònraichte	30	1 uair agus 30 mionaid — faic roinn 'Measadh cùrsa'

Inntrigeadh molta	Adhartas
<p>Tha inntrigeadh don chùrsa seo a rèir toil an ionaid.</p> <p>Bu chòir do dh'oileanaich an cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5 no teisteanasan co-ionann a choileanadh agus/no fèin-fhiosrachadh ro thòiseachadh air a' chùrsa.</p>	<ul style="list-style-type: none">◆ Cùrsa Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartach◆ tuilleadh sgrùdaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Cùmhnantan duaise

Tha an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a chaidh a choileanadh tarsainn co-phàirtean a' mheasaidh cùrsa uile.

Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tabhann sùbailteachd, a' solarachadh ùine airson ionnsachadh, cuimseachadh air sgilean agus cur ionnsachadh an gnìomh, agus a' toirt seachad cothrom airson pearsanachadh is roghainn.

Tha gach cùrsa a' solarachadh chothroman do dh'oileanaich farsaingeachd, dùbhlán agus gnìomhadh a leasachadh. Tha fòcas agus co-chothrom measaidh air an deilbh do gach raon cuspaireil.

Sa chùrsa seo, tha oileanaich a' leasachadh tuigse nas fheàrr don t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu dhaoine eile agus an luachan, ann an diofar amannan, àiteachan agus suidheachaidhean. Tha an cùrsa a' cuideachadh oileanaich gu mapa den àm a dh'fhalbh a leasachadh le luach is tuigse do na forsaidhean a tha air saoghal an latha an-diugh a chumadh.

Tha cothroman aig oileanaich seasamhan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis do luachan, creideas an agus cultaran chàich; fosgailteachd do smaoineachadh agus beachdan ùra; agus faireachdainn de dhleastanas agus saoranachd chruinneil.

Tha an cùrsa a' cur cuideam air leasachadh agus gnìomhadh sgilean. Bidh am fòcas air luachadh stòran a' leasachadh sgilean smaoineachaidh oileanaich. Tha iad cuideachd a' leasachadh sgilean ann an litearrachd tro chleachdadh agus co-thàthadh air fiosrachadh ann an diofar dhòighean.

Adhbhar agus amasan

Tha oileanaich a' faotainn farsaingeachd is doimhneachd nan eòlas agus nan tuigse don àm a dh'fhalbh tro sgrùdadh air co-theacsaichean Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail, agus Alba ann am measgachadh de thràthan ama. Tha roghainnean a' còmhach chuspairean bho amannan nam Meadhan-aoisean, Tràth-Nuadh agus Deireadh-Nuadh, agus a' gabhail a-steach eileamaidean de dh'eachdraidh phoilitigeach, shòisealta, eaconamach agus chultarach. Tha oileanaich a' leasachadh dòigh agus tuigse a dh'fhaodas iad a chur an gnìomh ann an suidheachaidhean agus cùisean eachdraidheil eile.

Tha oileanaich a' leasachadh:

- ◆ tuigse bhun-bheachdail den àm a dh'fhalbh agus comas air smaoineachadh gu neo-eisimeileach
- ◆ raon de sgilean a' gabhail a-steach comas air sealladh eachdraidheil mionaideach a chur an gnìomh ann an raon de cho-theacsaichean
- ◆ sgilean anailis air diofar eadar-mhìneachaidhean de stòran eachdraidheil agus dèanamh measadh breithneachail air measgachadh de bheachdan
- ◆ tuigse don dàimh eadar factaran a' cur ri, agus buaidh thachartasan eachdraidheil
- ◆ sgilean dèanamh anailis, luachadh agus co-thàthadh air fiosrachadh eachdraidheil

- ◆ sgilean rannsachaidh chùisean eachdraidheil iom-fhillte, a' tarraing cho-dhùnaidhean air an deagh reusanachadh.

Cò dha a tha an cùrsa?

Tha an cùrsa iomchaidh do raon de dh'oileanaich a' gabhail a-steach iadsan a tha airson tuigse do dh'eachdraidh a leasachadh agus iadsan a tha a' sireadh adhartais agus speisealachadh ann an sgrùdadh eachdraidheil a bharrachd.

Susbaint a' chùrsa

Tha an cùrsa air a dhèanamh suas à trì raointean sgrùdaidh: eachdraidh Bhreatainn, eachdraidh na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail agus eachdraidh Alba. Tha sùbailteachd anns na co-theacsaichean agus na tèaman a dh'fhaodar a sgrùdadh airson pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Sgilean, eòlas agus tuigse don chùrsa

Tha na leanas a' solarachadh tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspaireil, eòlas agus tuigse a tha leasaichte sa chùrsa:

- ◆ leasachadh agus gnìomhadh sgilean, eòlas agus tuigse tarsainn cho-theacsaichean bho eachdraidh Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail, agus eachdraidh Alba.
- ◆ dèanamh measadh air tùs, adhbhar, susbaint agus co-theacsa stòran eachdraidheil
- ◆ dèanamh measadh air buaidh leasachaidhean eachdraidheil agus co-thàthadh fiosrachaidh ann an dòigh air a dheagh structaradh
- ◆ dèanamh measadh air na factaran a tha a' cur ri leasachaidhean eachdraidheil, agus tarraing cho-dhùnaidhean air an deagh reusanachadh, le taic fianais
- ◆ rannsachadh agus dèanamh anailis air fiosrachadh eachdraidheil
- ◆ leasachadh eòlas agus tuigse mhionaideach is ceart do chùisean eachdraidheil iom-fhillte ann an co-theacsaichean Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail, agus Alba.

Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach mu sgilean, eòlas agus tuigse air an samplachadh sa mheasadh cùrsa:

Pàipearan cheistean

Tha dà roinn ann am pàipear cheistean Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail, a' còmhach raon de chuspairean ann an eachdraidh Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail. Tha aig oileanaich ri aon phàirt a fhreagairt bho gach roinn. Tha aon roinn ann am pàipear cheistean eachdraidh Alba a' còmhach raon de chuspairean ann an eachdraidh na h-Alba.

Breatainn	
Pàirt A: Eaglais, stàit agus co-chomann fiùdalach, 1066–1406	
Eileamaidean den cho-chomann bhon 11mh gus an 15mh linn ann an Sasainn agus Alba. Tèaman: fiùdalachd, eaglais, ùghdarras agus strì.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Measadh air nàdar a' cho-chomainn fhiùdalaich.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ àite agus cudromachd nan clasaichean fearainn ◆ àite agus cudromachd clasaichean luchd na tuatha ◆ dleastanas an rìgh ◆ àite atharrachail nan ridirean ◆ àite nan clèireach
2 Measadh air àite na h-eaglaise ann an co-chomann meadhan-aoise	<ul style="list-style-type: none"> ◆ diofar dhleastanasan na h-eaglaise saoghalta agus riaghailteach ◆ cràbhach ◆ poiliteach ◆ sòisealta ◆ eaconamach
3 Measadh air an ìre meudachaidh ann am prìomh chumhachd rìoghail ri linn Rìgh Dhaibhidh I ann an Alba	<p>Soirbheasan agus fàillingidhean Dhaibhidh I:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ creideamh ◆ gabhaltas-fearainn fiùdalach ◆ armailteach ◆ lagh agus òrdugh ◆ eaconamach
4 Measadh air na h-adhbharan airson meudachadh ann am prìomh chumhachd rìoghail ri linn Eanraig II ann an Sasainn	<ul style="list-style-type: none"> ◆ uaisleachd ◆ cosgais cogaidh ◆ feum air an eaconamaidh a leasachadh ◆ lagh agus òrdugh ◆ buil buaidh chèn
5 Measadh air na h-oidhirpean air ùghdarras rìoghail a mheudachadh le Rìgh Iain Shasainn	<ul style="list-style-type: none"> ◆ buaidh call Normandy ◆ cìseachadh ◆ pearsantachd Iain ◆ dàimhean leis an uaisleachd ◆ dàimhean leis an eaglais
6 Luachadh air na h-adhbharan airson crìonadh anns a' cho-chomann fhiùdalach	<ul style="list-style-type: none"> ◆ Am Bàs Dubh ◆ ar-a-mach an luchd-tuatha ◆ fàs bhailtean ◆ fàs ann am malairt is coimearsaltachd ◆ seasamhan sòisealta ag atharrachadh

Breatainn

Pàirt B: Linn nan ar-a-mach, 1603–1702

Cùisean poilitigeach, creidheamhach, reachdail agus eaconamach a lean gu dùbhlachadh air an ùghdarras rioghail bho chòraichean air an dleasadh às leth an neach fa leth agus às leth bhuidhnean sòisealta san 17mh linn. Tèaman: ùghdarras, còraichean agus ar-a-mach.

Prìomh chùisean

Iomradh air susbaint

1 Measadh air na h-adhbharan airson nan duilgheadasan a bha aig an Rìgh Seumas às dèidh Aonadh nan Crùn ann an 1603.	<ul style="list-style-type: none">◆ cùisean poilitigeach◆ Còir Dhiadhaidh Rìghrean◆ cùisean cràbhach◆ cùisean laghail◆ cùisean eaconamach
2 Measadh air poileasaidhean Theàrlaich I ann an Alba, suas gu 1642.	<ul style="list-style-type: none">◆ poileasaidhean Theàrlaich I ann an Alba◆ sparradh Leabhar nan Ùrnaighean ann an Alba◆ Cùmhnant Nàiseanta◆ Ciad Chogadh nan Easbaigean◆ Dàrna Cogadh nan Easbaigean
3 Measadh air na h-adhbharan airson cogadh catharra briseadh a-mach ann an Sasainn.	<ul style="list-style-type: none">◆ dìleab Sheumais I◆ cùisean cràbhach◆ cùisean poilitigeach◆ cùisean eaconamach is ionmhasail gnìomhan Theàrlaich agus na Pàrlamaid às dèidh 1640
4 Measadh air na h-adhbharan airson fàillingeadh air cruth riaghaltais eile a lorg, 1649–58.	<ul style="list-style-type: none">◆ ceannas Cromwell◆ dleastanas an airm◆ dleastanas na Pàrlamaid◆ cùisean cèin◆ reachdas neo-mheasail
5 Measadh air na h-adhbharan airson Rèite an Ar-a-maich ann an 1688–89.	<ul style="list-style-type: none">◆ dleastanas Theàrlaich II◆ dleastanas Sheumais VII/II◆ cùisean cràbhach◆ cùisean poilitigeach◆ dleastanas na Pàrlamaid
6 Measadh air cudromachd nan atharrachaidhean air an toirt gu buil tron Rèite Ar-a-maich, 1688–1702.	<ul style="list-style-type: none">◆ cumhachd creideamhach◆ cumhachdan laghail a' Chrùin 's na Pàrlamaid◆ cùisean poilitigeach◆ rèite ionmhasail◆ beàrnannan san Rèite

Breatainn	
Pàirt C: A' mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd	
Leasachadh na malairt ann an Afraganaich fo thràillealachd san 18mh linn, builean sòisealta is eaconamach na malairt sin, agus cur as dhan mhalairt ann an 1807. Tèaman: 'cinneadh', ìmpireachd, dubh-shaothrachadh agus còraichean.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson an leasachaidh sa mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ factaran armailteach ◆ cudromachd nan colonaidean Caraibeach ◆ gainnead luchd-obrach ◆ seasamhan gràin-chinnidheach ◆ factaran cràbhach
2 Measadh air cho cudromach 's a bha a' mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd do dh'eaconamaidh Bhreatainn.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ prothaidean a' fàs bho bhàrr tropaigeach ◆ àite na malairt a thaobh maraireachd ◆ gnìomhachas ◆ leasachadh gnìomhachasail ◆ beairteas phuirt agus mharsantan
3 Luachadh air na factaran a' riaghladh dhàimhean eadar Afraganaich fo thràillealachd agus an luchd-seilbh.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ draghan daonnachdail ◆ draghan cràbhach ◆ beachdachaidhean ionmhasail ◆ eagal gum biodh Afraganaich fo thràillealachd a' dèanamh oidhirpean gus an saorsa aca fhaighinn ◆ gràin-cinnidh agus claon-bhreith
4 Measadh air buaidhean na malairt air na co-chomainn Afraganach.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ luchd-reic nan Afraganach fo thràillealachd agus 'factaraidhean' Eòrpach air oirthir Afraga an Iar ◆ leasachadh nan stàitean is eaconamaidhean a bha stèidhichte air Afraganaich fo thràillealachd ◆ sgrìos air co-chomainn ◆ leasachadh air coloinidhean cèin ◆ àite nan ceannardan ann an co-chomainn Afraganach ann an cumail na malairt a' dol
5 Luachadh air na cnapan-starra mu choinneamh cur-às.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ Afraganaich fo thràillealachd a' sabaid airson saorsa ann an St Domingue ◆ builean an Ar-a-maich Fhrangaich ◆ cudromachd na malairt ann an Afraganaich fo thràillealachd do dh'eaconamaidh Bhreatainn ◆ propaganda an aghaidh cur-às ◆ seasamhan riaghaltasan Bhreatainn

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
<p>6 Luachadh air na h-adhbharan airson soirbheachas na h-iomairt cur-às ann an 1807</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ ceistean gan togail mu chudromachd eaconamach na saothrach a bhathar a' dèanamh le Afraganaich fo thràillealachd ◆ builean oidhirpean nan Afraganach fo thràillealachd gus an saorsa aca a chosnadh ◆ factaran armailteach ◆ iomairt Comann Bacadh Thràillealachd ◆ dleastanas Wilberforce

Breatainn	
Pàirt D: Breatainn, 1851–1951	
Leasachadh na Rìoghachd Aonaichte gu deamocrasaidh nuadh-aimsireil agus an leasachadh air dleastanas na stàite a thaobh sochair nan saoranach. Tèaman: ùghdarras, ideòlas agus còraichean.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson gun do dh'fhàs Breatainn nas deamocrataich, 1851–1928.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ buaidhean gnìomhachasadh agus bailteachadh ◆ buidhnean strì ◆ eisimpleirean de leasachaidhean thall-thairis ◆ buaidh pàrtaidh ◆ buaidhean a' Chiad Chogaidh Mhòir
2 Measadh air cho deamocratach 's a dh'fhàs Breatainn, 1867–1928.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ leudachadh air a' cheadachd ◆ riarachadh air suidheachain ◆ coirbteachd agus cur fo eagal ◆ leudachadh ballrachd Taigh nan Cumantan ◆ dleastanas Taigh nam Morairean
3 Luachadh air na h-adhbharan gun tugadh a' bhòt do chuid de bhoireannaich ann an 1918	<ul style="list-style-type: none"> ◆ seasamhan a dh'ionnsaigh bhoireannaich sa cho-chomann ag atharrachadh ◆ Iomairt Sufragaideach ◆ Iomairt nan Sufragaidean ◆ boireannaich ann an oidhirp a' chogaidh, 1914–18 ◆ eisimpleir dhùthchannan eile
4 Luachadh air na h-adhbharan gun tug na Libearalaich a-steach ath-leasachaidhean shochair sòisealta, 1906–14.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ suirbhidhean sòisealta Booth agus Rowntree ◆ sòisealachd bhaileil ◆ draghan mu thèarainteachd nàiseanta ◆ Libearalachd Ùr ◆ Làbaraich ag èirigh
5 Measadh air èifeachdas ath-leasachaidhean shochair sòisealta nan Libearalach.	<p>An ìre gun robh na h-ath-leasachaidhean Libearalach a' coileanadh fheumalachdan:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ òigridh ◆ seann daoine ◆ èisleanaich ◆ cion-cosnaichean ◆ cosnaichean
6 Measadh air èifeachdas nan ath-leasachaidhean Làbarach, 1945–51.	<p>An ìre gun robh na h-ath-leasachaidhean Làbarach a' dèiligeadh ris 'na Còig Fuamhairean':</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ bochdainn ◆ galar ◆ salachar ◆ aineolas ◆ dìomhanas

Breatainn	
Pàirt E: Breatainn agus Èirinn, 1900–1985	
Sgaraidhean a' fàs ann an Èirinn às dèidh 1900 a thaobh dearbh-aithne agus fàs ann am frionas a' leantainn gu còmhrag agus cogadh catharra, oidhirpean air fuasgladh fhaighinn air a' chòmhrag, agus leantainn air còmhstri. Tèaman: dearbh-aithne, ùghdarras agus còmhstri.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson fàs ann am frionasan ann an Èirinn, gu 1914.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ Ath-bheothachadh Cultarach na Gaeilge (Conradh na Gaeilge/Cumann Lùthchleas Gael) ◆ Ath-nochdadh air Poblachdas Èireannach (Bráithreachas Poblacht na hÈireann/Sinn Féin) ◆ feartan eaconamach is creideamhach eadar-dhealaichte ◆ dleastanas John Redmond agus a' Phàrtaidh Nàiseanta (tha seo a' gabhail a-steach taghaidhean 1910) ◆ freagairtean nan Aonachdach agus nan Nàiseantach don Bhile Fhèin-riaghlaidh
2 Measadh air buaidh a' Chiad Chogaidh Mhòir air Èirinn.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ seasamhan Èireannach a thaobh a' Chiad Chogaidh Mhòir ◆ buaidh Ar-a-mach na Càisge ◆ iomairt an aghaidh dleastanas-airm ◆ crìonadh a' Phàrtaidh Nàiseanta ◆ èirigh Sinn Féin
3 Luachadh air na cnapan-starra a thaobh sìth, suas gun Chùmhnant Angla-Èireannach, 1918–21.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ seasamhan Èireannach a thaobh riaghladh Bhreatainn às dèidh a' Chiad Chogaidh Mhòir ◆ dleastanas na Dáil (Foirgheall Neo-eisimeileachd) ◆ suidheachadh Aonachdaich Ulaidh ◆ poileasaidhean is gnìomhan riaghaltas Bhreatainn ◆ innleachdan is poileasaidhean an IRA
4 Luachadh air na h-adhbharan airson toiseach Cogaidh Catharra na h-Èireann.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ Cùmhnant Angla-Èireannach ◆ Dleastanas riaghaltas Bhreatainn ◆ sgaraidhean anns a' ghluasad phoblachdach ◆ dleastanas Collins ◆ dleastanas De Valera

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
<p>5 Luachadh air na h-adhbharan airson na h-èiginn a' fàs ann an Èirinn a Tuath, ann an 1968.</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ èirigh phoilitigeach nan Aonachdach ann an Èirinn a Tuath ◆ diofaran cultarach is poilitigeach eadar coimhearsnachdan ◆ cùisean eaconamach ◆ dleastanas an IRA ◆ cùis chòraichean catharra
<p>6 Luachadh air na cnapan-starra gu sìth, 1968–85</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ diofaran creideamhach is coitcheanta ◆ poileasaidhean riaghaltas Bhreatainn ◆ àite ceannairceachd ◆ dleastanas Arm Bhreatainn ◆ dleastanas riaghaltas Èirinn

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt A: Cogaidhean na Croise, 1071–1204

Factaran creideamhach, poilitigeach agus eaconamach ann an gluasad cogaidhean na croise eadar 1071 agus 1204. Tèaman: ideòlas, ùghdarras agus còmhrag.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson gairm Ciad Chogadh na Croise.	<ul style="list-style-type: none">◆ bagairt air Byzantium◆ eagal ro leudachadh Islamach◆ bagairt air malairt Mheadhan-thìreach◆ strì leantainneach eadar eaglais agus stàit◆ rùn pàpail air nàdar ionnsaigheach co-chomann fiùdalach a stiùireadh
2 Luachadh air reusanan Chrìosdaidhean bho dhiofar chlasaichean, gu an crois a ghabhail.	<ul style="list-style-type: none">◆ reusanan cràbhach◆ miann air talamh fhaotainn san Dùthaich Naoimh◆ sireadh cliù agus saidhbheas◆ tar-shluaigheachd agus gort◆ faireachdainn de chuairt-dànachd
3 Luachadh air na h-adhbharan airson soirbheachas Ciad Chogadh na Croise.	<ul style="list-style-type: none">◆ cumhachd armailteach nan Ridirean-croise◆ sgaraidhean am measg nan stàitean Ioslamach◆ mì-thuigse mu rùn nan ridirean-croise◆ cobhair bho Byzantium◆ dìoghras cràbhach nan Ridirean-croise
4 Luachadh air na h-adhbharan airson Ierusalem a' tuiteam ann an 1187.	<ul style="list-style-type: none">◆ bàs Baldwin IV◆ sgaraidhean am measg nan Ridirean-croise◆ dìth stòrasan nan stàitean Crìosdail◆ aonachadh nan stàitean Ioslamach fo Saladin◆ ruaig air Crìosdaidhean aig Hattin
5 Luachadh air na h-adhbharan airson rèiteachadh air Treas Cogadh na Croise.	<ul style="list-style-type: none">◆ dleastanas armailteach Ristead◆ cleachdadh Ristead air dioplòmasaidh◆ dleastanas armailteach Saladin◆ cleachdadh Saladain air dioplòmasaidh◆ spàirn eadar ceannardan nan Ridirean-croise
6 Measadh air an ìre crìonaidh air sàrbheachd nan cogaidhean croise, suas chun a' Cheathramh Cogadh na Croise, 1204.	<ul style="list-style-type: none">◆ co-bhith stàitean Muslamach is Crìosdaidh◆ coirbteachd a' ghluasaid croise leis an eaglais agus na h-uaislean◆ buaidhean malairt◆ An Ceathramh Cogadh na Croise◆ dleastanas Venice

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt B: Ar-a-mach Aimeireagaidh, 1763–1787

Smachd coloinidheach Bhreatainn ann an Aimeireaga, na beachdan is seasamhan a' dùbhlachadh an smachd sin, na h-adhbharan airson a bhrisidh sìos, agus na builean do dh'Aimeireaga agus Breatainn a thaobh còmhrag is rèite. Tèaman: còraichean, ùghdarras agus rèiteachadh.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson tàmailt choloinidheach a dh'ionnsaigh Bhreatainn, 1763.	<ul style="list-style-type: none">◆ tàmailt a dh'ionnsaigh an t-seann siostam choloinidheach◆ Achdan Maraireachd◆ dleastanas Seòras III◆ diofaran poilitigeach eadar coloinidhean agus Breatainn◆ dearmad Bhreatainn a thaobh nan coloinidhean
2 Luachadh air na h-adhbharan airson gluasadan luchd nan coloinidhean a dh'ionnsaigh neo-eisimeileachd.	<ul style="list-style-type: none">◆ connspaid mu chiseachadh◆ casgradh Bhoston◆ peanasachadh Massachusetts◆ tachartasan armailteach 1775◆ diùltainn air Ath-chuinge Craobh-shìochainte
3 Luachadh air beachd Bhreatainn a thaobh na còmhstri sna coloinidhean.	<ul style="list-style-type: none">◆ Seòras III◆ Pàrlamaid Bhreatainn◆ Edmund Burke◆ Iarla Chatham◆ Tòmas Paine
4 Measadh air nàdar cruinneil a' chogaidh.	<ul style="list-style-type: none">◆ Caidreachas Frangach-Aimeireaganach◆ Eadar-theachd Duitseach◆ eadar-theachd Spàinneach◆ Lìg Neodrachd Armaichte◆ smachd air na cuantan
5 Luachadh air na h-adhbharan airson buaidh luchd nan coloinidhean.	<ul style="list-style-type: none">◆ Neo-èifeachdas armailteach Bhreatainn◆ dleastanas Sheòrais Washington◆ cudromachd inntigeach na Frainge◆ smachd air na cuantan◆ àite eòlas ionadail agus daoine
6 Measadh air buaidh phoilitigeach an Ar-a-maich Aimeireaganaich.	<ul style="list-style-type: none">◆ meòrachadh nan Aimeireaganach air na thachair dhaibh fo riaghladh Bhreatainn◆ cudromachd na Bun-reachd◆ dleastanasan a' Chinn-suidhe◆ A' Chòmhdhail agus a' Phrìomh Chùirt◆ reachdaireachd agus roinn-ceartais

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt C: Ar-a-mach na Frainge, gu 1799

Nàdar an riaghaltais agus a' cho-chomainn anns an Fhraing san 18mh linn, nan tùsan agus nan dùbhlann mu choinneamh làn-chumhachd, agus na coltachdan is eu-coltachdan eadar dòigh-riaghlaidh Ancien agus na riaghaltasan às dèidh an ar-a-maich gu 1799. Tèaman: còraichean, ùghdarras agus ar-a-mach.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na bagairtean air tèarainteachd Riaghladh Ancien ro 1789.	<ul style="list-style-type: none">◆ cùisean ionmhasail◆ cìseachadh agus coirbteachd◆ dleastanas an teaghlaich rioghail◆ suidheachadh na clèir agus na h-uaisleachd◆ gearanan air an cumail leis an Treas Oighreachd
2 Luachadh air na h-adhbharan airson Ar-a-mach na Frainge ann an 1789.	<ul style="list-style-type: none">◆ duilgheadasan ionmhasail Riaghlaidh Ancien◆ buaidh an t-Soillseachaidh◆ buaidhean an Ar-a-maich Aimeireaganaich◆ èiginn 1788-89◆ gnìomhan Louis XVI
3 Luachadh air na h-adhbharan airson fàilligeadh na monarcachd bhun-reachdail, suas gu 1792.	<ul style="list-style-type: none">◆ dleastanas Louis XVI◆ Bun-reachd Chatharra na Clèir◆ dleastanas a' Cho-thionail Nàiseanta◆ gnìomhan nan eilthreach◆ briseadh a-mach air cogadh
4 Luachadh air na h-adhbharan airson na h-Oilt, 1792–95.	<ul style="list-style-type: none">◆ briseadh a-mach cogadh◆ bagairt air contra-ar-a-mach◆ connspairn phoiliteach◆ dleastanas Robespierre◆ Comataidh Sàbhailteachd Phoblach
5 Luachadh air na h-adhbharan airson stèidheachadh na Consalachd.	<ul style="list-style-type: none">◆ Bun-reachd 1795◆ neo-sheasmhachd phoiliteach◆ eadar-theachd an airm a' meudachadh ann am poilitigs◆ dleastanas Sieyès◆ dleastanas Bonaparte
6 Measadh air buaidh an Ar-a-maich.	<p>Buaidh sòisealta is poiliteach air:</p> <ul style="list-style-type: none">◆ luchd-tuatha◆ luchd-obrach bailteil◆ bùirdeasachd◆ uaisleachd◆ a' chlàir

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt D: A' Ghearmailt, 1815–1939

Fàs air nàiseantachas anns a' Ghearmailt san 19mh linn, a' leantainn gu buaidh air cnapan-starra mu choinneamh aonachadh an nàisein ro 1871, agus leasachadh air mòr-nàiseantachas às dèidh 1918. Tèaman: nàiseantachas, ùghdarras agus còmhstri.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson fàs ann an nàiseantachas sa Ghearmailt, 1815–50	<ul style="list-style-type: none">◆ factaran eaconamach◆ factaran cultarach◆ laigse armailteach◆ buaidhean Ar-a-mach na Frainge agus Cogaidhean Napoleon◆ dleastanas nan Libearalach
2 Measadh air an ìre de fhàs ann an nàiseantachas sa Ghearmailt, suas gu 1850.	<ul style="list-style-type: none">◆ luchd-taic nàiseantachas◆ luchd-dùbhlain nàiseantachas◆ ùpraid phoilitigeach sna 1840an◆ Pàrlamaid Frankfurt◆ mar a thuit an ar-a-mach sa Ghearmailt, 1848–49
3 Luachadh air na cnapan-starra gu aonachadh Gearmailteach, 1815–50.	<ul style="list-style-type: none">◆ sgaraidhean am measg nan nàiseantach◆ neart Ostaireach◆ prionnsachan Gearmailteach◆ diofaran cràbhach◆ neo-shuim na mòr-chuid den t-sluagh
4 Luachadh air na h-adhbharan gun deach aonachadh fhaotainn sa Ghearmailt ro 1871.	<ul style="list-style-type: none">◆ neart armailteach Pruiseanach◆ neart eaconamach Pruiseanach◆ crìonadh na h-Ostaire◆ dleastanas Bismarck◆ dleastanas dhùthchannan eile
5 Luachadh air na h-adhbharan gun d' fhuair na Nadsaidhean cumhachd ann an 1933.	<ul style="list-style-type: none">◆ laigsean Poblachd Weimar◆ nàimhdeas a dh'ionnsaigh Cùmhnant Versailles◆ duilgheadasan eaconamach◆ tarraingeachd Hitler agus na Nadsaidhean ann an 1928◆ laigsean agus mearachdan nan dùbhlanaich
6 Luachadh air na h-adhbharan gun robh na Nadsaidhean comasach air fuireach ann an cumhachd, 1933–39.	<ul style="list-style-type: none">◆ stèidheachadh air stàit thur-smachdach◆ eagal agus ceannairceachd stàite◆ propaganda◆ poileasaidhean eaconamach◆ poileasaidhean sòisealta

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt E: An Eadailt, 1815–1939

Fàs ann an nàiseantachas san 19th linn anns an Eadailt, a' leantainn gu faighinn thairis air bacaidhean gu aonachadh an nàisein ro 1871, agus leasachadh air mòr-nàiseantachas às dèidh 1918. Tèaman: nàiseantachas, ùghdarras agus còmhstri.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson fàs ann an nàiseantachas san Eadailt, 1815–50.	<ul style="list-style-type: none">◆ factaran cultarach◆ factaran eaconamach◆ laigse armailteach◆ buaidhean Ar-a-mach na Frainge agus Cogaidhean Napoleon◆ nàimhdeas don Ostair
2 Measadh air an ìre de fhàs ann an nàiseantachas san Eadailt, suas gu 1850.	<ul style="list-style-type: none">◆ luchd-taic nàiseantachd◆ luchd-dùbhlain nàiseantachd◆ riaghladairean Eadailteach◆ suidheachadh na Pàpachd◆ fàillingidhean nan ar-a-mach ann an 1848
3 Luachadh air na bacaidhean gu aonachadh Eadailteach, 1815–50.	<ul style="list-style-type: none">◆ diofaran eaconamach agus cultarach◆ diofaran poilitigeach taobh a-staigh nan nàiseantach◆ suidheachadh ceannasach na h-Ostaire◆ riaghladairean Eadailteach◆ neo-shuim na mòr-chuid den t-sluagh
4 Luachadh air na h-adhbharan gun deach aonachadh fhaighinn san Eadailt ro 1870.	<ul style="list-style-type: none">◆ èirigh Piedmont◆ dleastanas Cavour◆ dleastanas Garibaldi◆ crìonadh na h-Ostaire◆ seasamhan is gnìomhan nan cumhachdan cèin
5 Luachadh air na h-adhbharan gun d' fhuair na Faisistich cumhachd san Eadailt, 1919–25.	<ul style="list-style-type: none">◆ laigsean riaghaltasan na h-Eadailt◆ nàimhdeas do Rèite na Sìthe◆ tarraingeachd Mussolini agus na Faisistich◆ sgaraidhean sòisealta agus eaconamach◆ laigsean agus mearachdan dhùbhланаich
6 Luachadh air na h-adhbharan gun robh na Faisistich comasach air fuireach ann an cumhachd, 1922–39.	<ul style="list-style-type: none">◆ stèidheachadh na stàite Faisistich◆ eagal agus bagairt◆ propaganda◆ poileasaidh cèin◆ poileasaidhean eaconamach agus sòisealta

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt F: An Ruis, 1881–1921

Leasachadh air cur an aghaidh riaghladh aon-neach ann an stàit mhòr ioma-nàiseanta, dìobairt dòigh-riaghlaidh an Tsar agus èirigh nam Boilseabhach sna bliadhnaichean 1881–1921.

Tèaman: ideòlas, dearbh-aithne agus ùghdarras.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Measadh air tèarainteachd Stàit an Tsar ro 1905.	<ul style="list-style-type: none">◆ an Tsar◆ feachd-airm/Okhrana◆ dleastanas na h-eaglaise◆ Ruiseanachadh◆ dùbhlachd phoilitigeach
2 Luachadh air na h-adhbharan airson ar-a-mach 1905.	<ul style="list-style-type: none">◆ mì-thoileachas nan clasaichean obrach◆ mì-thoileachas am measg luchd-tuatha◆ duilgheadasan poilitigeach◆ ruaig armailteach sa chogadh an aghaidh Iapan.◆ Didòmhnaich Fuilteach
3 Measadh air na h-oidhirpean air Tsarachd a neartachadh, 1905–14.	<ul style="list-style-type: none">◆ Nàdar thachartasan ann an 1905◆ manifesto na Dàmhair agus an Duma◆ Ceannsalachd◆ Ath-leasachaidhean Stolypin◆ Laghan Bunaiteach
4 Luachadh air na h-adhbharan airson Ar-a-mach a' Ghearrain, 1917.	<ul style="list-style-type: none">◆ dleastanas an Tsair Nicholas II◆ dleastanas an Tsarina Alexandra◆ mì-thoileachas am measg nan clasaichean obrach◆ mì-thoileachas luchd-tuatha◆ buaidh a' Chiad Chogaidh Mhòir
5 Luachadh air na h-adhbharan airson soirbheachas Ar-a-mach na Dàmhair, 1917.	<ul style="list-style-type: none">◆ cumhachd dùbailte◆ co-dhùnadh air cogadh a chumail a' dol◆ mì-thoileachas poilitigeach◆ cùis an fhearainn◆ tarraingeachd Lenin agus nam Boilseabhach
6 Luachadh air na h-adhbharan airson buaidh an airm Dheirg sa Chogadh Chatharra.	<ul style="list-style-type: none">◆ neartan an airm Dheirg◆ eas-aonachd am measg nan Geal◆ ceannardas Lenin◆ dleastanas Trotsky◆ buaidhean eadar-theachd cèin

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt G: Na Stàitean Aonaichte, 1918–1968

Frionasan a' fàs ann an co-chomann Aimeireaganach, cuimseachadh air sgaraidhean cinnidheach, duilgheadasan eaconamach, fàs ann an cumhachdan feadarail agus an t-strì airson còraichean catharra. Tèaman: ideòlas, dearbh-aithne agus còraichean.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson seasamhan a thaobh in-imrich ag atharrachadh sna 1920an.	<ul style="list-style-type: none">◆ aonarachdas◆ eagal ro ar-a-mach◆ claon-bhreith agus gràin-cinnidh◆ eagalan sòisealta◆ eagalan eaconamach
2 Luachadh air na bacaidhean a thaobh coileanadh air còraichean catharra do dh'Ameireaganaich Dhubha, suas gu 1941.	<ul style="list-style-type: none">◆ bacaidhean laghail◆ claon-bhreith an t-sluaigh◆ gnìomhachdan an Ku Klux Klan◆ dìth buaidh phoilitigeach◆ sgaraidhean sa choimhearsnachd Dhuibh
3 Luachadh air na h-adhbharan airson na h-èiginn eaconamaich bho 1929–33.	<ul style="list-style-type: none">◆ poileasaidhean an riaghaltais phoblachdaich sna 1920an◆ os-shaothrachadh agus fo-chaitheamh air bathar◆ laigsean ann an siostam bancaidh nan SA◆ duilgheadasan eaconamach eadar-nàiseanta◆ Tuisleadh Wall Street
4 Measadh air èifeachdas an Deile Ùir.	<ul style="list-style-type: none">◆ dleastanas Roosevelt agus 'togail misneachd'◆ bancaireadh◆ àiteachas◆ gnìomhachas◆ co-chomann
5 Luachadh air na h-adhbharan airson leasachadh iomairt nan Còraichean Catharra, às dèidh 1945.	<ul style="list-style-type: none">◆ claon-bhreith agus leth-breith◆ na thachair ri saighdearan Dubha san Dàrna Cogadh Mòr◆ dleastanas bhuidhnean chòraichean catharra Dubha◆ dleastanas Mhàrtainn Luther King◆ ceannardan Dubha èifeachdach a' tighinn am bàrr
6 Measadh air èifeachdas gluasad nan Còraichean Catharra ann an coileanadh fheumalachdan nan Ameireaganach Dubha, suas gu 1968.	<ul style="list-style-type: none">◆ dleastanasan an NAACP, CORE, SCLC◆ dleastanas Mhàrtainn Luther King◆ atharrachaidhean ann am poileasaidh feadarail◆ atharrachaidhean sòisealta, eaconamach agus poilitigeach◆ èirigh ann an gluasadan radaigeach Dubha

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt H: Sìtheachadh agus an t-slighe gu cogadh, gu ruig 1939

Poileasaidh cèin Faisisteach às dèidh 1933 agus freagairtean nan cumhachdan deamocratach dha, leasachadh air poileasaidh an t-sìtheachaidh, mar a dh'fhàillig e agus cogadh a' briseadh a-mach san Roinn Eòrpa ann an 1939. Tèaman: ideòlas, còmhstri agus dioplòmasachd.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Measadh air na h-adhbharan airson nàdar bagairteach phoileasaidhean cèin na Gearmailt agus na h-Eadailt anns na 1930an.	<ul style="list-style-type: none">◆ Rèite na Sìthe 1919◆ Ideòlas Faisisteach◆ duilgheadasan eaconamach às dèidh 1929◆ laigse Lig nan Nàiseanan◆ poileasaidh sìtheachaidh Bhreatainn
2 Luachadh air na modhan a chleachd a' Ghearmailt agus an Eadailt gus na poileasaidhean cèin aca adhartachadh bho 1933.	<ul style="list-style-type: none">◆ dioplòmasaidh◆ gnìomh armailteach◆ bagairt armailteach◆ co-aontaidhean agus caidreachasan◆ dleastanas Hitler agus Mussolini
3 Luachadh air na h-adhbharan airson poileasaidh sìtheachaidh Bhreatainn, 1936–38.	<ul style="list-style-type: none">◆ duilgheadasan eaconamach◆ beachd a' mhòr-shluaigh◆ dìth chaidreabhaich earbsach◆ laigse armailteach◆ creideasan Chamberlain
4 Measadh air soirbheachas poileasaidh cèin Bhreatainn ann an gleidheadh ionnsaigheachd nam Faisisteach, 1935 gu Màrt 1938.	<ul style="list-style-type: none">◆ Abaisinia◆ Rhineland◆ Aonta Maraireach◆ neo-eadar-theachd◆ Anschluss den Mhàrt 1938
5 Measadh air aonta Mhunch.	Argamaidean airson agus an aghaidh an t-sìtheachaidh: <ul style="list-style-type: none">◆ An t-Seic◆ Breatainn◆ A' Ghearmailt◆ An Fhraing◆ co-theacsa eadar-nàiseanta
6 Luachadh air na h-adhbharan airson cogadh a' briseadh a-mach ann an 1939.	<ul style="list-style-type: none">◆ seasamhan Breatannach ag atharrachadh a thaobh sìtheachadh◆ sealbh-ghlacadh Bohemia agus diobairt na Seic◆ dioplòmasaidh Breatannach agus dàimhean leis an Aonadh Shòbhatach◆ Co-aonta Nadsaidh–Sòbhatach◆ Ionnsaigh air a' Phòlainn

An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Pàirt I: An Cogadh Fuar, 1945–1989

Poileasaidh cèin nam mòr-chumhachdan an dèidh 1945, fàs ann am frionas eadar-nàiseanta, leasachadh poileasaidh détente, agus deireadh a' Chogaidh Fhuair san Roinn Eòrpa ann an 1989.

Tèaman: ideòlas, còmhstri agus dioplòmasaidh.

Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Luachadh air na h-adhbharan airson a' Chogaidh Fhuair a thighinn gu bith, suas gu 1955.	<ul style="list-style-type: none">◆ Frionasan taobh a-staigh a' chaidreachais cogaidh◆ rèis armailteach◆ diofaran ideòlasach◆ eas-aontaidhean mu Ghearmailt an ama ri teachd◆ èiginn a thaobh Coiria
2 Measadh air èifeachdas a' phoileasaidh Shòbhatach ann an cumail smachd air Taobh Sear na Roinn Eòrpa, suas gu 1961.	<ul style="list-style-type: none">◆ poileasaidhean Khrushchev a thaobh di-Stalineachadh◆ freagairtean Sòbhatach do thachartasan:<ul style="list-style-type: none">— anns a' Phòlainn (1956)— san Ungair (1956)— ann am Berlin (1961)
3 Luachadh air na h-adhbharan airson Èiginn Astais Chiùba ann an 1962.	<ul style="list-style-type: none">◆ buaidh Chastro ann an Ciùba◆ poileasaidh cèin nan SA◆ suidheachadh dachaigheil Khrushchev◆ beachd Khrushchev air a' Cheanadach◆ rèis armailteach
4 Luachadh air na h-adhbharan gun do chail na SA an cogadh ann an Bhietnam.	<ul style="list-style-type: none">◆ duilgheadasan mu choinneamh arm nan SA◆ neartan Bhietnam a Tuath◆ laigsean Bhietnam a Deas◆ atharrachadh beachd poblach a' mhòr-shluaigh sna SA◆ aonarachdas eadar-nàiseanta nan SA
5 Luachadh air na h-adhbharan gun do dh'fheuch na mòr-chumhachdan ris a' Chogadh Fuar a stiùireadh, 1962–79	<ul style="list-style-type: none">◆ cunnart Sgrìos Co-bharantaiche◆ cunnartan còmhraig armailteach mar a chunnacas an Èiginn Astais Chiùba◆ cosgais eaconamach na rèis armailtich◆ leasachadh teicneòlas faire◆ leasachadh détente
6 Luachadh air na h-adhbharan airson deireadh a' Chogaidh Fhuair.	<ul style="list-style-type: none">◆ ruaig air an Aonadh Shòbhatach ann an Afganastan◆ Comannachas ann an Taobh Sear na Roinn Eòrpa a' fàilligeadh◆ diofaran eaconamach eadar an Ear 's an Iar◆ dleastanas Gorbachev◆ dleastanas Reagan

Alba	
Pàirt A: Cogaidhean na Neo-eisimeileachd, 1249–1328	
Atharrachadh poilitigeach agus còmhrag armailteach ag èirigh bho Chogaidhean na Neo-eisimeileachd. Tèaman: ùghdarras, còmhrag agus dearbh-aithne.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Alasdair III agus duilgheadas sinnsearachd 1286–92	<ul style="list-style-type: none"> ◆ na Freiceadain ◆ bàs Mairead, Maighdean Nirribhig ◆ tagradh Albannach gu Èideard I agus Norham ◆ an t-Adhbhar Mòr agus co-dhùnadh Èideard
2 Iain Balliol agus Èideard I 1292–96.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ riaghladh Balliol ◆ àrd-uachdranas Èideird ◆ freagairt na h-Alba ◆ ceannsachadh na h-Alba, 1296
3 Uilleam Uallas agus aghaidheachd Alba	<ul style="list-style-type: none"> ◆ aghaidheachd Alba, 1297–98 ◆ dleastanasan Uilleam Uallas agus Anndra Mhoireach ◆ buannachadh aig Blàr Drochaid Shruighlea ◆ aghaidheachd Albannach a' leantainn, 1298–1305
4 Èirigh agus buaidh Raibeart Brus	<ul style="list-style-type: none"> ◆ còmhstri Brus le a luchd-dùbhlain Albannach ◆ buaidh aig Allt a' Bhonnaich ◆ sabaid a' leantainn, 1314–28 ◆ Cùmhnantan Dhùn Èideann/ Northampton, 1328

Alba	
Pàirt B: Linn an Ath-leasachaidh, 1542–1603	
Atharrachadh cràbhach agus poilitigeach ann an Alba san 16mh linn. Tèaman: ùghdarras, còmhstri agus dearbh-aithne.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Ath-leasachadh 1560	<ul style="list-style-type: none"> ◆ laigsean san Eaglais Chaitligich ◆ Pròstanachd a' fàs ◆ dàimhean eadar Alba agus an Fhraing ◆ dàimhean eadar Alba agus Sasainn
2 Rìoghachadh Màiri, 1561–67	<ul style="list-style-type: none"> ◆ poileasaidh creideimh Màiri ◆ dàimhean Màiri leis an uaisleachd ◆ gnè agus pòsaidhean Màiri ◆ dàimhean Màiri le Sasainn agus leis an Fhraing
3 Seumas VI agus an dàimh eadar rìgh agus Eaglais	<ul style="list-style-type: none"> ◆ beachd Sheumais VI a thaobh smachd air an Eaglais ◆ beachd Anndra Melville a thaobh smachd air an Eaglais ◆ dàimhean eadar an Crùn agus an Eaglais tràth ann an rìoghachadh Sheumais gu 1585 ◆ dàimhean eadar an Crùn agus an Eaglais nas fhaide air adhart ann an rìoghachadh Sheumais gu 1603
4 Buaidh an Ath-leasachaidh air Alba, gu ruige 1603	<ul style="list-style-type: none"> ◆ atharrachadh sòisealta ◆ atharrachadh cultarach ◆ atharrachadh foghlaim ◆ atharrachadh eaconamach

Alba	
Pàirt C: Cùmhnant an Aonaidh, 1689–1740	
Atharrachadh poilitigeach agus eaconamach ann an Alba, 1689–1740. Tèaman: dearbh-aithne, còmhstri agus ùghdarras.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Dàimhean le Sasainn a' dol am miosad.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ duilgheadasan eaconamach na h-Alba ◆ gort ◆ Sgeama Darien agus mar a dh'fhàilling e ◆ dàimhean le Sasainn a' dol am miosad mar thoradh air tachartasan
2 Argamaidean airson agus an aghaidh Aonadh le Sasainn.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ ceistean creideimh ◆ eaconamaidh na h-Alba ◆ cùis dearbh-aithne na h-Alba ◆ diofar sheasamhan ann an Alba a thaobh an Aonaidh
3 Achdachadh Achd an Aonaidh.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ seasamh Shasainn ag atharrachadh ◆ deasbad air Aonadh Feadarail no Aonadh Corpachaidh ◆ barganachadh ◆ cur an Aonaidh an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba
4 Buaidhean an Aonaidh, gu ruige 1740	<ul style="list-style-type: none"> ◆ buaidhean eaconamach air àiteachas ◆ buaidhean eaconamach air obair-dèanaimh ◆ buaidhean eaconamach air malairt ◆ buaidhean poilitigeach

Alba	
Pàirt D: Imrich agus an ìmpireachd, 1830–1939	
Glusad-sluaigh agus atharrachadh sòisealta is eaconamach ann an Alba agus thall-thairis eadar 1830 agus 1939. Tèaman: ìmpireachd, imrich agus dearbh-aithne.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Imrich nan Albannach	<ul style="list-style-type: none"> ◆ factaran putaidh airson às-imrich le Albannaich ◆ factaran slaodaidh airson às-imrich le Albannaich ◆ factaran putaidh airson imrich taobh a-staigh na h-Alba ◆ factaran slaodaidh airson imrich taobh a-staigh na h-Alba
2 Eòlas in-imrichean ann an Alba.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ eòlas in-imrichean Èireannach ◆ eòlas in-imrichean Iùdhach ◆ eòlas in-imrichean Liotuaineach ◆ eòlas in-imrichean Eadailteach
3 Buaidh às-imrichean Albannach air an ìmpireachd	<ul style="list-style-type: none"> ◆ Canada, ◆ Astràilia ◆ Sealan Nuadh ◆ Na h-Ìnnseachan
4 Buaidhean imrich agus ìmpireachd air Alba, gu 1939.	<ul style="list-style-type: none"> ◆ na chuir in-imrichean ri co-chomann na h-Alba ◆ na chuir in-imrichean ri eaconamaidh na h-Alba ◆ na chuir in-imrichean ri cultar na h-Alba ◆ buaidh na h-ìmpireachd air Alba

Alba	
Pàirt E: Buaidh a' Chogaidh Mhòir, 1914–1928	
Còmhrag agus a bhuidhean poilitigeach, sòisealta, eaconamach agus cultarach. Tèaman: còmhrag, atharrachadh agus dearbh-aithne.	
Prìomh chùisean	Iomradh air susbaint
1 Albannaich aig an Aghaidh an Iar	<ul style="list-style-type: none"> ◆ carson a chaidh an uiread de dh'Albannaich dhan arm mar shaor-thoilich ◆ Albannaich agus Blàr Loos ◆ Albannaich aig Blàr an Somme ◆ ceannardas Albannach tron chogadh
2 Buaidh dachaigheil cogaidh: co-chomann agus cultar	<ul style="list-style-type: none"> ◆ sìochantas agus diùltadh cogaiseach ◆ dleastanas bhoireannach ag atharrachadh aig àm cogaidh ◆ stailcean màil ◆ comharrachadh agus cuimhneachadh
3 Buaidh dachaigheil cogaidh: gnìomhachas agus eaconamaidh	<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' bhuidh air gnìomhachas ◆ a' bhuidh air àiteachas ◆ a' bhuidh air iasgach ◆ às-imrich às dèidh a' chogaidh
4 Buaidh dachaigheil cogaidh: poilitigs	<ul style="list-style-type: none"> ◆ fàs ann an radaigeachd ◆ fàs a' Phàrtaidh Làbaraich an Alba ◆ Red Clydeside ◆ fàs Pàrtaidh Aonaidh na h-Alba

Obair shònraichte

Tha roghainn fhosgailte aig oileanaich de chuspair, de cheist no de chùis eachdraidheil. Chan eil an roghainn air a cuibhreachadh le susbaint nam pàipearan cheistean.

Tha sgilean, eòlas agus tuigse a tha air an gabhail a-steach don chùrsa, iomchaidh don ìre SCQF den chùrsa. Tha tuairisgeulaichean na h-ìre SCQF a' toirt seachad tuilleadh fiosrachaidh mu fheartan agus an coileanadh a thathar a' sùileachadh aig gach ìre SCQF, agus lorgar iad sin air làrach-lìn SCQF.

Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh oileanaich gu sgilean farsaing coitcheann a leasachadh. Tha na sgilean sin stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#) agus a' tarraing bho na prìomh raointean sgilean a leanas:

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoinichaidh

- 5.3 Cur an gnìomh
- 5.4 Anailis agus measadh

Feumaidh tidsearan agus òraidichean na sgilean sin fhuighe a-steach don chùrsa aig an ìre iomchaidh, far a bheil cothroman freagarrach.

Measadh Cùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a gheibhear sa phàipear seo.

Tha measadh a' chùrsa a' coileanadh prìomh adhbharan is amasan a' chùrsa tro bhith a' dèiligeadh ri:

- ◆ farsaingeachd — tarraing air eòlas agus sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ◆ dùbhlán — ag iarraidh barrachd doimhneachd no leudachaidh air eòlas agus/no sgilean
- ◆ gnìomhadh — ag iarraidh eòlas agus/no sgilean a chur an gnìomh ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach mar as iomchaidh.

Tha seo a' comasachadh oileanaich gu:

- ◆ tarraing air na sgilean, eòlas is tuigse a thogadh air a' chùrsa, agus an leudachadh 's an cur an gnìomh.
- ◆ farsaingeachd sgilean, eòlas is tuigse bho air feadh a' chùrsa, a thaisbeanadh.
- ◆ dùbhlán agus gnìomhadh co-cheangailte ri cùis eachdraidheil iomchaidh, a thaisbeanadh.

Structar measadh cùrsa: pàipear cheistean

Pàipear cheistean 1: eachdraidh Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail **44 comharra**

Tha riarachadh iomlan de 44 comharra leis a' phàipear seo. Is e seo 40% de na comharran iomlan sa mheasadh cùrsa.

Tha am pàipear seo a' ceadachadh do dh'oileanaich na sgilean eòlais is tuigse a leanas bho air feadh a' chùrsa a thaisbeanadh:

- ◆ leasachadh agus cur an gnìomh eòlas is tuigse is sgilean tarsainn cho-theacsaichean bho eachdraidh Bhreatannach, Eòrpach agus an t-saoghail
- ◆ mìneachadh buaidh leasachaidhean eachdraidheil, mion-sgrùdadh nam bun-chùisean a tha a' cur a dh'ionnsaigh leasachaidhean eachdraidheil, tighinn gu co-dhùnaidhean reusanta agus co-thàthadh fiosrachaidh ann an dòigh structaraichte.
- ◆ taisbeanadh eòlas is tuigse mhionaideach agus ceart do chùisean eachdraidheil iom-fhillte ann an co-theacsaichean Breatannach, Eòrpach agus an t-saoghail.

Tha dà roinn sa phàipear cheistean seo:

Roinn 1: Breatainn

Roinn 2: An Roinn Eòrpa agus an saoghal

Tha gach roinn luach 22 comharra. Tha oileanaich a' tarraing air na sgilean, eòlas agus tuigse a thogadh rè a' chùrsa.

Tha gach roinn air a dèanamh suas à ceistean a tha ag iarraidh freagairtean leudaichte. Tha oileanaich a' mìneachadh buaidh nan leasachaidhean eachdraidheil, a' mion-sgrùdadh nam bun-chùisean a tha a' cur a dh'ionnsaigh leasachaidhean eachdraidheil, a' tighinn gu co-dhùnaidhean reusanta, agus a' co-thàthadh fiosrachaidh ann an dòigh air a dheagh chur ri chèile.

Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Tha am pàipear cheistean seo air a shuidheachadh agus air a chomharrachadh le SQA, agus air a stiùireadh ann an ionadan fo shuidheachaidhean air an sònrachadh le SQA airson deuchainnean air an taobh a-muigh.

Tha 1 uair a thìde agus 30 mionaid aig oileanaich airson am pàipear cheistean seo a chrìochnachadh.

Pàipear cheistean 2: Eachdraidh na h-Alba 36 comharra

Tha riarachadh iomlan de 36 comharra aig a' phàipear cheistean seo. Is e seo 33% de na comharran iomlan sa mheasadh cùrsa.

Tha am pàipear seo a' ceadachadh do dh'oileanaich na sgilean, eòlas agus tuigse a leanas a thaisbeanadh:

- ◆ leasachadh agus cur an gnìomh sgilean, eòlas agus tuigse tarsainn cho-theacsaichean bho eachdraidh na h-Alba.
- ◆ dèanamh luachadh air tùs, adhbhar, susbaint agus co-theacsa raon de stòran eachdraidheil.
- ◆ taisbeanadh eòlas agus tuigse mhionaideach agus ceart do chùisean eachdraidheil iom-fhillte ann an co-theacsaichean Albannach.

Tha aon roinn sa phàipear cheistean seo:

Roinn 1: Alba

Tha an roinn seo air a dèanamh suas à cèistean le freagairtean cuibhrichte agus leudaichte. Tha oileanaich a' tarraing air agus a' cur an gnìomh nan sgilean, eòlas agus tuigse a tha iad air fhaotainn rè a' chùrsa.

Tha oileanaich a' dèanamh luachadh air feumalachd stòir, a' cur stòr na cho-theacsa eachdraidheil, a' comharrachadh agus a' mìneachadh nan diofar bheachdan air an taisbeanadh le dà stòr, agus a' mìneachadh tachartas no leasachadh.

Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Tha am pàipear cheistean seo air a shuidheachadh agus air a chomharrachadh le SQA, agus air a stiùireadh ann an ionadan fo shuidheachaidhean air an sònrachadh le SQA airson deuchainnean air an taobh a-muigh.

Tha 1 uair a thìde agus 30 mionaid aig oileanaich airson am pàipear cheistean seo a chrìochnachadh.

Tha na pàipearan cheistean a' cur cuideam air measadh eòlais agus tuigse; tha cuideam an obair shònraichte mu thaisbeanadh air sgilean.

Tha sampail de phàipearan cheistean airson cùrsaichean Àrd-Ìre air am foillseachadh air làrach-lìn SQA. Tha iad sin a' sealltainn ìre, structar agus riatanasan nam pàipearan cheistean a tha na h-oileanaich a' suidhe. Tha na pàipearan sampail a' gabhail a-steach stiùireadh air comharrachadh.

Structar measadh cùrsa: Obair shònraichte

Obair shònraichte

30 comharra

Tha riarachadh iomlan de 30 comharra aig an obair shònraichte. Is e seo 27% de na comharran iomlan sa mheasadh cùrsa.

Tha an obair shònraichte a' toirt cothrom do dh'oileanaich na sgilean, eòlas agus tuigse a leanas a thaisbeanadh taobh a-staigh co-theacsa ceist eachdraidheil:

- ◆ comharrachadh cùis eachdraidheil a tha ag iarraidh deasbad agus argamaid
- ◆ rannsachadh agus sgrùdadh na cùise eachdraidheil, a' cleachdadh raon de stòran fiosrachaidh
- ◆ tarraing air agus cur an gnìomh eòlas agus tuigse gus adhbharan agus/no buaidh cùis eachdraidheil a mhion-sgrùdadh
- ◆ mion-sgrùdadh, luachadh agus co-thàthadh fiosrachaidh ann an dòigh structaraichte
- ◆ toirt iomradh air stòran eachdraidheil buntainneach
- ◆ comharrachadh sheallaidhean eadar-dhealaichte agus/no beachdan
- ◆ structaradh fiosrachadh agus taisbeanadh co-dhùnadh reusanta le taic bho fhianais.

Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh obair shònraichte

Tha an obair shònraichte air a suidheachadh le ionadan taobh a-staigh stiùiridhean SQA. Tha SQA a' solarachadh fiosrachadh airson an toraidh fianais a bhith air a mheasadh. Tha roghainn fhosgailte aig oileanaich de chuspair, de cheist no de chùis eachdraidheil airson a rannsachadh. Tha fianais ga cur a-steach gu SQA airson comharrachadh air an taobh a-muigh. Tha SQA a' dèanamh dearbhadh càileachd air a' chomharrachadh uile.

Suidheachaidhean measaidh

Tha dà ìre san obair shònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ toradh fianais

Bu chòir do dh'oileanaich an ìre rannsachaidh a ghabhail os làimh aig àm iomchaidh sam bith sa chùrsa, gu h-àbhaisteach nuair a tha iad air na sgilean, eòlas agus tuigse riatanach a leasachadh.

San ìre rannsachaidh, bidh oileanaich a' taghadh cuspair, ceist no cùis a tha a' ceadachadh dhaibh anailis a dhèanamh air cùis eachdraidheil no a luachadh. Tha iad a' rannsachadh na

cùise, agus ag eagrachadh an toraidhean gus dèiligeadh ris a' chuspair, a' cleachdadh na duilleig stòrais Eachdraidh airson na fianais agus iomraidhean aca a thional.

Ùine

Tha an ìre rannsachaidh air a deilbh airson a bhith crìochnaichte thar ùine bheachdail de 8 uairean a thìde.

Tha 1 uair a thìde agus 30 mionaid aig oileanaich airson toradh air fianais airson measadh a chrìochnachadh. Feumaidh seo a bhith dèante ann an aon suidhe. Tha oileanaich a' crìochnachadh na h-ìre air toradh fianais ann an àm airson an ceann-latha deireannach a choileanadh, a tha air a shuidheachadh le SQA.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Bidh an ìre rannsachaidh air a stiùireadh fo bheagan aireachais agus smachd. Tha seo a' ciallachadh, ged a dh'fhaodadh oileanaich pàirt den obair a chrìochnachadh taobh a-muigh an t-suidheachaidh ionnsachaidh is teagaisg, feumaidh tidsearan is òraidichean pròiseasan a chur nan àite gus sùil a chumail air adhartas agus dèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a th' aca agus nach eil mèirle-sgrìobhaidh air a chur an gnìomh. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan adhartais eadar-amail le oileanaich
- ◆ ceasnachadh
- ◆ clàr ghnìomhan/adhartais an oileanaich
- ◆ sgrùdadh bho thidsear no òraidiche

Gabhar ri modhan obair buidhne mar phàirt den ìre rannsachaidh. Ach feumaidh fianais shoilleir a bhith ann do gach oileanach a shealltainn gu bheil iad air na riathanasan fianais a choileanadh.

Tha an ìre taisbeanaidh air fianais air a stiùireadh fo ìre àrd de dh'aireachas agus smachd. Tha seo a' ciallachadh gum feum oileanaich:

- ◆ a bhith ann an sealladh dìreach an tidseir no an òraidiche no pearsa cunntachail eile rè ùine a' mheasaidh
- ◆ gun a bhith a' conaltradh ri chèile
- ◆ gun chothrom a bhith aca ach a-mhàin air an duilleig stòrais Eachdraidh a tha iad air ullachadh.

Stòrasan

Rè na h-ìre rannsachaidh, chan eil cuibhreachaidhean sam bith air na stòrasan air am faod cothrom a bhith aig oileanaich.

Rè ìre taisbeanaidh air an fhianais, chan eil cothrom aig oileanaich ach a-mhàin air an duilleig stòrais Eachdraidh a tha iad air ullachadh. Is e adhbhar na duilleig stòrais Eachdraidh, oileanaich a chuideachadh gu am fianais agus an iomraidhean a chleachdadh, a chaidh a thional tron ìre rannsachaidh, airson dèiligeadh ris a' chuspair, ceist no cùis a thagh

iad. Chan eil duilleagan stòrais air am measadh ach feumar an cur a-steach gu SQA còmhla ri obair shònraichte nan oileanach.

Cuideachadh reusanta

Faodaidh tidsearan is òraidichean stiùireadh reusanta a thoirt seachad air cuspairean agus air na seòrsaichean ceist no cùis a bheir comas do dh'oileanaich gus riatanasan uile na h-obrach sònraichte a choileanadh. Faodaidh iad cuideachd oileanaich a stiùireadh a thaobh coltas faotainneachd agus ruigsinneachd air stòrasan airson na ceist no na cùise a thagh iad.

Feumaidh oileanaich obrachadh air an cuid rannsachaidh gun cus taic bho thidsearan no òraidichean.

Feumaidh tidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta a chur an sàs gus a dhèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a th' anns an fhianais a tha air a cur a-steach.

Feumaidh oileanaich fianais a chruinneachadh gu neo-eisimeileach. Ach faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad mus tèid an fhianais a chur ri chèile. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' air a cleachdadh gus feuchainn ris an fheum air cuideachadh a chothromachadh leis an fheum air cus cuideachaidh a sheachnadh. Ma tha feum aig oileanaich air barrachd na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach eil iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an clàradh airson na h-ìre cheàrr de theisteanas.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bhunait choitcheann do chlas no do bhuidheann oileanaich, mar eisimpleir, comhairle mun dòigh air plana obair shònraichte a chruthachadh. Faodar cuideachd a thoirt do dh'oileanaich fa leth. Nuair a tha cuideachadh reusanta ga thoirt air stèidh aon-ri-aon ann an co-theacsa nì a tha an t-oileanach air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gum bi seo mar thaic do mheasadh, agus feumaidh tidsearan is òraidichean a bhith mothachail gum faodadh seo a bhith a' dol seachad air cuideachadh reusanta.

Anns an ìre rannsachaidh, faodaidh cuideachadh reusanta a bhith a' gabhail a-steach:

- ◆ treòrachadh oileanaich gu na stiùiridhean do dh'oileanaich
- ◆ soilleireachadh stiùiridhean/riatanasan na h-obrach
- ◆ comhairleachadh oileanaich a thaobh a bhith a' taghadh cuspair/ceist/cùis
- ◆ comhairleachadh oileanaich air tùsan fiosrachaidh a dh'fhaodadh iad cleachdadh
- ◆ cur air dòigh thursan gus tional fianais a chur an comas
- ◆ sgrùdaidhean adhartais eadar-amail

Ann an ullachadh airson na h-ìre taisbeanaidh air fianais, faodaidh cuideachadh reusanta a bhith co-cheangailte ri comhairleachadh oileanaich mu nàdar agus meud nan stòrasan air an sònrachadh, a dh'fhaodadh an cleachdadh mar thaic ri bhith a' cruthachadh fianais.

Aig ìre sam bith, chan eil cuideachadh reusanta a' gabhail a-steach:

- ◆ toirt seachad cuspair, ceist no cùis

- ◆ treòrachadh oileanaich gu stòrasan sònraichte a tha rin cleachdadh
- ◆ toirt seachad modailean de fhreagairtean
- ◆ toirt seachad ais-fhiosrachadh mionaideach air dreachdan, a' gabhail a-steach comharrachadh

Fianais ri thional

Tha feum air an fhianais a leanas airson an obair shònraichte seo:

- ◆ fianais air obair shònraichte chrìochnaichte
- ◆ duilleag stòrais Eachdraidh: is e aon duilleag shingilte A4 a dh'fheumas a bhith seo gun bharrachd na 250 facal.

Mura cuir tagraiche duilleag stòrasan a-steach, thèid peanas de 6 comharran a chur an sàs a-mach às na 30 comharran iomlan

Faid

Chan eil cunntas fhacail ann don obair-shònraichte; ach chan fhaod barrachd air 250 facal a bhith air an duilleig stòrais.

Rangachadh

Tha ìrean iomlan oileanaich air an dearbhadh tro an coileanadh tarsainn measadh a' chùrsa. Tha am measadh cùrsa air a rangachadh A–D air bhunait a' chomharra iomlain airson co-phàirtean measaidh a' chùrsa uile.

Tuairisgeul ìre airson C

Airson ìre C a bhith air a bhuileachadh, bidh oileanaich gu h-àbhaisteach air coileanadh soirbheachail a thaisbeanadh a thaobh sgilean, eòlas agus tuigse don chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson A

Airson ìre A a bhith air a bhuileachadh, bidh oileanaich gu h-àbhaisteach air ìre àrd coileanadh a thaisbeanadh gu cunbhalach a thaobh sgilean, eòlas agus tuigse don chùrsa.

Co-ionannachd agus in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dheilbh gu bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas, gun bhacaidhean neo-riatanach sam bith gu ionnsachadh no measadh.

Airson stiùireadh air rèiteachaidhean measaidh do dh'oileanaich chiorramach agus/no iadsan le feumalachdan taic a bharrachd, leanaibh an ceangal gu duilleag eadar-lìn nan rèiteachaidhean measaidh: www.sqa.org.uk/assessmentarrangements.

Tuilleadh fiosrachaidh

Tha na sgrìobhainnean iomraidh a leanas a' solarachadh fiosrachadh agus cùl-fhiosrachaidh feumail.

- ◆ [Duilleag cuspair Eachdraidh Àrd-Ìre](#)
- ◆ [Duilleag eadar-lìn rèiteachaidhean measaidh](#)
- ◆ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ◆ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ◆ [Stiùireadh air suidheachaidhean measaidh airson obair-cùrsa](#)
- ◆ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnadh](#)
- ◆ [Dearbhachd Obair-cùrsa: Stiùireadh do Thidsearan is Òraidichean](#)
- ◆ [Aithisgean Rannsachaidh Foghlaim](#)
- ◆ [Stiùiridhean SQA air e-measadh do Sgoiltean](#)
- ◆ [Duilleag eadar-lìn e-measadh SQA](#)

Tha frèam-obrach SCQF, tuairisgeulaichean ìrean agus leabhar-làimhe rim faotainn air làrach-lìn SCQF.

Pàipear-taic 1: notaichean taic cùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na notaichean taic seo àithnteil. Tha iad a' solarachadh comhairle agus stiùireadh do thidsearan is òraidichean mu dhòighean air an cùrsa a libhrigeadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean iad sin a leughadh ann an co-bhoinn ri sònrachadh a' chùrsa seo agus na sampail de phàipearan cheistean agus/no obair-cùrsa.

Leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse

Tha an roinn seo a' toirt seachad tuilleadh comhairleachaidh is stiùiridh mu sgilean, eòlas agus tuigse a dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean a ghabhail a-steach don chùrsa. Tha sùbailteachd nach beag aig tidsearan is òraidichean airson co-theacsaichean a thaghadh a bheir brosnachadh agus dùbhlann do dh'oileanaich, a' tabhann an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean coimhead ris an t-sònrachadh cùrsa airson a' chùrsa seo airson na sgilean, eòlas agus tuigse don chùrsa agus don mheasadh cùrsa.

Tha feum aig oileanaich air taic agus treòrachadh airson sgilean sgrùdaidh agus ro-innleachdan ionnsachaidh a leasachadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean am brosnachadh gu com-pàirteachadh agus uallach a ghabhail do an ionnsachadh fhèin le bhith a' lorg fiosrachadh agus san fharsaingeachd gus tionnsgnadh a shealltainn, far a bheil sin iomchaidh. Faodaidh buannachdan ionnsachadh co-obrachail, taic chomhaoisean agus ais-fhiosrachadh chomhaoisean a bhith susbainteach agus bu chòir a bhrosnachadh. Faodar taic a chur ris an seo le bhith a' cleachdadh teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh (ICT).

Tha roinn 'Modhan ionnsachaidh is teagaisg' a' nochdadh ghnìomhachdan a tha molta a dh'fhaodas tidsearan is òraidichean a thoirt a-steach do an libhrigeadh gus na sgilean, eòlas agus tuigse sin a leasachadh.

Modhan ionnsachaidh is teagaisg

Tha an cùrsa Eachdraidh Àrd-Ìre co-cheangailte ri sgrùdadh air tachartasan is tèaman eachdraidheil tarsainn cho-theacsaichean Breatannach, Eòrpach agus an t-saoghail, agus Albannach. Tha cothroman tron chùrsa air ionnsachadh ath-dhaingneachadh agus a dhoimhneachadh le bhith a' togail cheanglaichean eadar taobhan de dh'eòlas agus tuigse, a rèir nan cuspairean agus nan cùisean sònraichte a thathar a' sgrùdadh.

Chan eil òrdugh teagaisg air a mholadh airson a' chùrsa seo. Ach bu chòir cothrom a bhith aig oileanaich air raon de chuspairean a sgrùdadh mus tagh iad ceist eachdraidheil airson na h-obrach sònraichte aca. Bu chòir do leasachadh sgilean a bhith na phàirt de theagasg agus ionnsachadh bhon toiseach gus oileanaich a chuideachadh gu an sgilean a thogail mean air mhean tron chùrsa air fad.

Tha oileanaich ag ionnsachadh nas fheàrr nuair a tha iad:

- ◆ a' tuigsinn gu soilleir na tha iad a' feuchainn ri ionnsachadh, agus na thathar a' sùileachadh bhuapa.
- ◆ a' faotainn ais-fhiosrachadh mu chàileachd na h-obrach aca, agus nas urrainn dhaibh a dhèanamh airson a dhèanamh nas fheàrr
- ◆ a' faighinn comhairle air mar a leasaicheas iad cùisean agus an sàs gu h-iomlan ann an co-dhùnadh air dè an ath cheum a dh'fheumas iad a ghabhail
- ◆ fiosrachail mu cò as urrainn an cuideachadh ma bhios feum aca air

Bu chòir do thidsearan is òraidichean:

- ◆ ionnsachadh neo-eisimeileach a bhrosnachadh agus taic a chur ris
- ◆ oileanaich a chuideachadh gu riatanasan a' chùrsa a thuigsinn le bhith a' roinn ionnsachadh agus/no slatan-tomhais measaidh
- ◆ ais-fhiosrachadh èifeachdach a libhrigeadh
- ◆ oileanaich a bhrosnachadh gu an cinn-uidhe fhèin a shuidheachadh
- ◆ oileanaich a bhrosnachadh gu meud an eòlais làithrich a mheasadh
- ◆ oileanaich a bhrosnachadh gu fèin-luachadh agus luachadh chomhaoisean
- ◆ ceasnachadh gu h-èifeachdach, a' cleachdadh ceasnachadh àrd-ìreil mar a bhios iomchaidh.

Faodaidh measadh airson adhbharan leasachail àite cudromach a sholarachadh ann an àrdachadh air coileanadh le bhith:

- ◆ a' toirt fiosrachadh air ais
- ◆ a' mionaideachadh adhartas
- ◆ a' comharrachadh neartan oileanaich agus raointean leasachaidh

Eachdraidh Bhreatainn

Tha na h-eisimpleirean a leanas a' solarachadh mhodhan-obrach a tha comasach airson ionnsachadh agus teagasg, a' cuimseachadh air cùisean a tha buntainneach do chuspairean ann an eachdraidh Bhreatainn. Tha na h-eisimpleirean a' tarraing air co-theacsaichean aithnichte. **Chan eil** iad nan stiùireadh air measaidhean sam bith san àm ri teachd.

Eisimpleir 1 — breithneachadh air an adhbhar gun d' fhuair cuid de bhoireannaich cead bhòtaidh ann an 1918

Tha oileanaich a' sgrùdadh nan adhbharan gun d' fhuair cuid de bhoireannaich co-ionannachd phoilitigeach nas motha agus a' faotainn eòlas agus tuigse nach beag mu na bun-chùisean a leanas:

- ◆ seasamhan a dh'ionnsaigh bhoireannaich ag atharrachadh sa cho-chomann
- ◆ an iomairt Sufragaideach
- ◆ iomairt nan Sufragaidean
- ◆ boireannaich an lùib oidhirp a' chogaidh, 1914–18
- ◆ eisimpleir dhùthchannan eile

Mar phàirt den chùrsa Eachdraidh Àrd-Ìre, bu chòir cothroman a bhith aig oileanaich an sgilean breithneachaidh a leasachadh agus an cur an gnìomh. Dh'fhaodadh na h-adhbharan gun d' fhuair boireannaich cead bhòtaidh ann an 1918 a bhith air an cur còmhla ann an trì roinnean farsaing – seasamhan ag atharrachadh; an iomairtean agus an oidhirpean fhèin; agus buaidhean is atharrachaidhean ann an dùthchannan eile.

Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean trì diofar oiseanan san rùm a chomharrachadh le trì aithrisean roghnach, leithid:

- ◆ Choisinn boireannaich co-ionannachd phoilitigeach nas motha tro sheasamhan ag atharrachadh.
- ◆ Choisinn boireannaich co-ionannachd phoilitigeach nas motha tro an iomairtean agus an oidhirpean fhèin.
- ◆ Choisinn boireannaich co-ionannachd phoilitigeach nas motha tro atharrachaidhean a thachair ann an dùthchannan eile.

Tha tidsearan is òraidichean an uair sin ag iarraidh air oileanaich beachdachadh air, tro dheasbad le an comhaoisean, cò an tè de na trì aithrisean a tha iad a' smaoinichadh a tha ceart, agus iarraidh orra a dhol chun an oisein shònraichte sin san rùm. Tha an t-seòrsa gnìomhachd seo a' brosnachadh oileanaich gu breithneachadh mun bhuaidh a thug diofar chùisean air boireannaich gu co-ionannachd phoilitigeach nas motha fhaotainn dhaibh fhèin.

Gus a' ghnìomhachd seo a leasachadh, tha oileanaich an uair sin a' dol ann am buidheann còmhla ri càch a tha ag aontachadh le an co-dhùnadh agus a' deasbad nan adhbharan airson na roghainn aca. Tha gach buidheann a' taghadh neach-labhairt a tha a' taisbeanadh na cùise aca a thaobh a bhith den bheachd gur e an aithris acasan as fìor-cheart.

Tha solarachadh chothroman airson mionaideachd aithrisean a dheasbad a' cuideachadh oileanaich le ullachadh airson cheistean aiste. Tha gnìomhachdan a dh'fhaodte a chleachdadh gus fianais a ghintinn a' gabhail a-steach gearr-iomradh sgrìobhte a' leantainn air an deasbad, mun adhbhar gum faodte a ràdh gu bheil gach aon de na h-aithrisean ceart; no aiste air a' chuspair seo a' cleachdadh aithrisean co-choltach. Mar eisimpleir:

B' e am pàirt a choilean boireannaich ann an oidhirp a' chogaidh am prìomh adhbhar gun d' fhuair cuid de bhoireannaich cead bhòtaidh ann an 1918. Dè cho dligeach 's a tha am beachd seo?

Tha brosnachadh oileanaich gus an làrach-lìn 'BBC Bitesize' a chleachdadh na dhòigh mhath dhaibh air an eòlas agus an tuigse fhèin a dheuchainneadh aig deireadh a' chuspair. Tha 'Test Bites' aig mòran chuspairean anns a bheil farpaisean-ceist goirid airson eòlas bunaiteach a dheuchainneadh.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dh'fhà

- ◆ aithrisean air an clò-bhualadh mar phuist-soidhne do dh'oiseanan san rùm


Eisimpleir 2 — spectram beachd air cho deamocratach 's a dh'fhàs Breatainn eadar 1867–1928

Tha oileanaich a' sgrùdadh nan dòighean san do dh'fhàs Breatainn nas deamocrataich eadar 1867 agus 1928 agus a' sgrùdadh chùisean leithid:

- ◆ leudachadh air a' chòir-bhòtaidh
- ◆ riarachadh air suidheachain
- ◆ coirbteachd agus bagairteachd
- ◆ leudachadh ballrachd Taigh nan Cumantan
- ◆ dleastanas Taigh nam Morairean

Tha mòran de na ceistean aiste air a' chuspair seo ag iarraidh air oileanaich measadh, luachadh is breithneachadh a dhèanamh air an uimhir de dh'adhartas a tha air a choileanadh a dh'ionnsaigh deamocrasaidh agus cho deamocrach 's a bha Breatainn aig àm sònraichte. Gus oileanaich a chuideachadh gu an smaoinneachadh anailiseach seo a chur an gnìomh ann an aiste, dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean cothroman a thoirt do dh'oileanaich cnuasachadh air diofar bheachdan mun chuspair seo mar ullachadh do na h-aistean sin.

Is e aon dòigh air seo a dhèanamh speactram de bheachdan a chruthachadh a' cleachdadh loidhne air bòrd (dh'fhaodadh roinnean eile a chur ris). Mar eisimpleir:



Tha tidsearan is òraidichean an uair sin ag iarraidh air oileanaich beachdachadh air suidheachadh Bhreatainn aig àm sònraichte. Mar eisimpleir, dè cho deamocratach 's a bha Breatainn ann an 1911?

Tha oileanaich an uair sin a' sgrìobhadh am breithneachaidh agus am prìomh adhbhar air a shon air nota steigeach agus ga chur air an speactram. Tha an seòrsa seo de ghnìomhachd cuimsichte air an neach-ionnsachaidh, a' cruthachadh a' chothruim airson conaltradh, breithneachadh agus anailis àrd-chàileachdail. Tha e a' comasachadh oileanaich gu an eòlas agus an tuigse a tha iad air a chosnadh a chleachdadh agus a chur an gnìomh airson breithneachadh fiosraichte a dhèanamh, a tha nam prìomh sgilean sa mheasadh cùrsa.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ beachd air a tharraing air a' bhòrd
- ◆ notaichean steigeach agus pinn

Mar leasan leantainneach, tha oileanaich a' cleachdadh clàr airson togail air na feartan Breatannach a dh'fhaodadh a bhith air am measadh deamocratach, seach feartan a tha a' moladh gu bheil Breatainn neo-dheamocratach.

Feartan deamocratach	Feartan neo-dheamocratach

Gheibhear an Test Bite airson na pàirt sònraichte den chuspair seo ann an roinn Bitesize air làrach-lìn a' BhBC.

Eachdraidh tràth-nuadh — a' mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd

Tha oileanaich a' sgrùdadh leasachadh na malairt ann an Afraganaich fo thràillealachd san 18mh linn agus builean sòisealta is eaconamach na malairt sin. Tha iad a' sgrùdadh cur-às don mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd ann an 1807 agus na tèaman 'cinneadh', ìmpireachd, dubh-shaothrachadh agus còraichean.

Do mhòran daoine a tha a' sgrùdadh Eachdraidh Àrd-Ìre, faodaidh an uimhir de leughadh agus èisteachd a bhith glè dhùbhlach. Tha seo gu h-àraid fìor do na h-oileanaich sin a tha nan luchd-ionnsachaidh lèirsinneach agus ag ionnsachadh nas fheàrr bho bhith a' faicinn fiosrachadh ann an dealbhan, clàran agus diagraman. Faodaidh cruthachadh air clàran lèirsinneach a bhith na inneal fheumail dhaibhsan.

Eisimpleir 1 — clàran lèirsinneach

Mar phàirt den chuspair, tha oileanaich a' luachadh nan adhbharan airson soirbheachas na h-iomairt cur-às ann an 1807. Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean iarraidh air oileanaich an clàr lèirsinneach pearsanta fhèin den phrìomh chùis seo, a chruthachadh air pàipear A4.

1 Ceistean gan togail mu chudromachd eaconamach de bhith a' dèanamh dhaoine nan tràillean.
2 Builean a thàinig à comhaireachd nan Afraganach fo thràillealachd
3 Bun-chùisean armailteach
4 Iomairt Comann Bacaidh Tràillealachd
5 Dleastanas Wilberforce

Às aonais fiosrachadh sgrìobhte, tha oileanaich a' dèanamh samhla-sùla air na tha gach pàirt den chuspair a' riochdachadh dhaibh agus a' taisbeanadh an fhiosrachaidh a tha iad a' 'faicinn' ann an dealbhan, cartùnaichean, diagraman, clàran agus samhlaidhean. On tha an seòrsa de ghnìomhachd seo nas tarraingiche do luchd-ionnsachaidh lèirsinneach, dh'fhaoidte a cho-leasachadh air taobh eile na duilleig le geàrr-chunntas de na prìomh phuingean sgrìobhte do gach roinn den chuspair.

Tha BBC Class Clips cuideachd ri fhaotainn air a' phàirt seo den chuspair.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ pàipear A4 agus pinn is peansailean dathte agus rùilearan

Eisimpleir 2 — cairtean ceist

Ann a bhith a' sgrùdadh na malairt ann an Afraganaich fo thràillealachd ann an doimhneachd, coltach ri àm sam bith eile ann an eachdraidh, tha oileanaich a' tighinn tarsainn air mòran phìosan eòlais agus cinn-latha a tha feumail agus buntainneach don chuspair. Anns a' mheasadh cùrsa, tha e na bhuannachd do dh'oileanaich mas urrainn dhaibh cuimhneachadh air eòlas fìrinneach sònraichte.

Tha na leanas a' solarachadh cuid de bheachdan air mar a dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean oileanaich a chuideachadh gu fiosrachadh fìor a ghleidheadh:

Tha oileanaich a' meòrachadh air an notaichean airson pàirt den chuspair no an cuspair iomlan mus dèan iad suas ceistean a dh'fhaighnicheas iad do an comhaoisean. Tha tidsearan is òraidichean a' toirt pìos cairt A5 do gach oileanach agus ag iarraidh orra trì ceistean a sgrìobhadh a tha a' deuchainneadh eòlas fìor. Bu chòir dhaibh sin a bhith nan ceistean le freagairtean sònraichte, a coltach ri ceistean airson aiste.

Bu chòir fios a bhith aig oileanaich air freagairtean do na ceistean a tha iad a' cur ri chèile agus na freagairtean a sgrìobhadh fo gach aon. Tha tidsearan is òraidichean a' stiùireadh oileanaich gu aon de na ceistean aca fhaighneachd don neach ri an taobh, a tha an uair sin a' freagairt agus a' faighneachd aon de an ceistean air ais. Faodar seo ath-aithris gus a bheil na sia ceistean uile air am faighneachd agus air am freagairt.

Le bhith a' dèanamh seo, tha tidsearan is òraidichean a' toirt eacarsaich ath-obair do na h-oileanaich le bhith a' toirt orra meòrachadh air an ceistean fhèin a thogail. Tha seo cuideachd a' togail misneachd nan oileanach ann an ath-ghairm prìomh fhiosrachaidh fìor a' chuspair.

Faodar an eacarsaich seo a leudachadh airson a dèanamh nas gnìomhaiche agus nas com-pàirteachail. Tha dithis oileanach a' suapadh chairtean ceist agus an uair sin a' gluasad timcheall an rùm airson oileanach eile a lorg agus ceist eile a chur. Faodar am pròiseas seo a dhèanamh grunn tursan gus am bi gach oileanach a' faighneachd agus a' freagairt diofar cheistean.

Le bhith a' dol thairis air an òrdugh mòran tursan, tha e a' ceadachadh do na h-oileanaich uile a bhith an sàs gu gnìomhach sa phròiseas ionnsachaidh agus cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing de dh'eòlas fìor ga ath-ionnsachadh.

Is e a' phàirt dheireannach den seo iarraidh air na h-oileanaich 10 prìomh phìosan fiosrachaidh fìrinneach a sgrìobhadh air an urrainn dhaibh cuimhneachadh bhon ghnìomhachd. Tha ath-ghairm air eòlas fìrinneach cudromach do gach aiste.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ cairt airson ceistean a sgrìobhadh oirre

Eachdraidh na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail

Tha na h-eisimpleirean a leanas a' toirt seachad mhodhan-obrach a tha comasach a thaobh ionnsachadh agus teagasg, a' cuimseachadh air cùisean a tha buntainneach do chuspairean ann an eachdraidh Eòrpach agus an t-saoghail. Tha na h-eisimpleirean a' tarraing air co-theacsaichean aithnichte. **Chan eil** iad nan stiùireadh air measaidhean sam bith eile san àm ri teachd.

Eisimpleir 1 — an deasbad air 'dè am prìomh adhbhar gun d' fhuair aonachadh sa Ghearmailt ro 1871?'

Tha oileanaich a' sgrùdadh nan cùisean farsaing mu thimcheall aonachadh na Gearmailt. Chòmhdachadh seo an èirigh thràth air nàiseantachas bho 1815 troimhe gu na choilean Bismarck agus cogaidhean an aonachaidh. Ann am buidhnean beaga no mar oileanaich fa leth, dh'fhaodadh cuspair àraidh co-thabhairteil a shònrachadh do dh'oileanaich airson beachdachadh air anns a' phròiseas aonachaidh. Mar eisimpleir:

- ◆ neart armailteach nam Pruiseanach
- ◆ neart eaconamach nam Pruiseanach
- ◆ crìonadh na h-Ostaire
- ◆ dleastanas Bismarck
- ◆ àite dhùthchannan eile

Tha tidsearan is òraidichean an uair sin ag iarraidh air gach buidheann no neach fa leth deasbad no argamaid a dhèanamh a thaobh cudromachd a' chuspair shònraichte aca don chòrr den chlas. Le bhith a' gabhail pàirt sa phròiseas seo, tha oileanaich a' leasachadh eòlas is tuigse don adhbhar gun deach a' Ghearmailt aonachadh.

Aon uair 's gu bheil na cùisean co-thabhairteil uile air an taisbeanadh, tha tidsearan is òraidichean ag iarraidh air oileanaich fa leth na bun-chùisean a rangachadh ann an òrdugh cudromachd; nota geàrr-iomraidh a sgrìobhadh air na cùisean co-thabhairteil uile; agus diagram casach a chur ri chèile de na bun-chùisean a lean gu aonachd. Tha an seòrsa seo de ghnìomhachd ag iarraidh gun taisbean oileanaich na sgilean anailiseach agus luachaidh riatanach airson cothrom fhaotainn air an raon iomlan de chomharran airson na h-aiste ann am pàipear cheistean eachdraidh Breatannach, Eòrpach agus an t-saoghail.

Eisimpleir 2 — gnìomhachd buidhne timcheallain air an adhbhar gun d' fhuair na Nadsaidhean gu cumhachd sa Ghearmailt ann an 1933

Tha oileanaich a' sgrùdadh nan adhbharan farsaing gun d' fhuair na Nadsaidhean cumhachd ann an 1933. Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean an clas a roinn ann am buidhnean beaga

de dhiofar mheudan a rèir nan àireamhan. Tha bòrd-geal air a shònrachadh do gach buidheann agus a' faighinn an aon cheist bhuntainneach.

Mar eisimpleir:

- ◆ *B' e nàimhdeas a dh'ionnsaigh Cùmhnant Versailles am prìomh adhbhar gun d' fhuair na Nadsaidhean cumhachd ann an 1933. Dè cho dligheach 's a tha am beachd seo?*
- ◆ Dè cho cudromach 's a bha tarraingeachd Hitler mar adhbhar gun d' fhuair na Nadsaidhean cumhachd ann an 1933?
- ◆ Dè an ìre gun robh duilgheadasan eaconamach nam prìomh adhbhar gun d' fhuair na Nadsaidhean cumhachd ann an 1933?

Le raon-ama sònraichte leithid 3 mionaidean mar eisimpleir, tha gach buidheann a' sgrìobhadh nas urrainn dhaibh de phuingean a tha buntainneach don cheist air a' bhòrd-geal aca, mus gluais iad air adhart gu bòrd-geal na h-ath bhuidhne. Aig an ìre seo, tha iad a' faighinn 3 mionaidean eile mar eisimpleir, airson tuilleadh fiosrachaidh buntainneach a chur ris nach eil fhathast air bòrd na buidhne sin. Tha seo air ath-aithris grunn tursan mus till oileanaich air ais chun a' chiad bhùird-ghil aca.

Tha an seòrsa seo de ghnìomhachd leasachail a' comasachadh oileanaich gu eòlas agus tuigse de shusbaint a' chùrsa a leasachadh.

Tha gnìomhachdan as urrainnear a chleachdadh gus fianais a ghintinn a' gabhail a-steach aiste air a' cheist; taisbeanadh PowerPoint air a' cheist le daoine fa leth no mar bhuidheann; diagram casach de dh'fhiosrachadh buntainneach don cheist; no geàrr-iomradh agus/no co-dhùnadh air mionaideachd na h-aithris.

Tha an seòrsa seo de ghnìomhachd cuimsichte air an neach-ionnsachaidh, a' brosnachadh dhaoine fa leth gu com-pàirteachadh ann an deasbad neo-fhoirmeil. Tha e a' ceadachadh dhaibh comas a leasachadh air smaoineachadh neo-eisimeileach ro thighinn gu breithneachaidhean fiosraichte agus mar sin a' leasachadh an sgilean breithneachaidh.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dh'ìth

- ◆ bùird gheala no pàipear A3
- ◆ pinn comharrachaidh
- ◆ tìmear no stad-uaireadair

Eisimpleir 1 — obair rannsachaidh clas: dè na h-adhbharan airson leasachadh air iomairt nan còraichean catharra às dèidh 1945?

Tha an obair seo na obair rannsachaidh air a stiùireadh le luchd-ionnsachaidh a tha air a dheilbh gus oileanaich a chomasachadh gu barrachd uallach a ghabhail airson an ionnsachaidh fhèin agus cuid den rannsachadh eachdraidheil aca fhèin a ghabhail os làimh. Às aonais sgrùdadh ann an doimhneachd air a' phàirt seo den chuspair, dh'fhaodadh cùis àraidh ann an leasachadh iomairt nan còraichean catharra a shònrachadh do dh'oileanaich airson a sgrùdadh. Mar eisimpleir:

- ◆ claon-bhreith agus leth-breith
- ◆ eòlas sheirbheisich Dhubha san Dàrna Chogadh Mhòr

- ◆ dleastanas buidhnean chòraichean catharra Dubha
- ◆ dleastanas Màrtainn Luther King
- ◆ ceannardan Dubha èifeachdach a' tighinn am bàrr

Tha tidsearan is òraidichean an uair sin ag iarraidh air oileanaich fa leth an t-àite a rannsachadh san robh a' chùis shònraichte aca fhèin com-pàirteachail ann an leasachadh iomairt nan còraichean catharra. No faodaidh oileanaich fa leth a bhith air an cur ann am buidheann còmhla riuthasan don deach a' chùis cheudna a shònrachadh gus obair còmhla.

Faodaidh beagan in-chur bho thidsearan no òraidichean a thoirt seachad agus tha làraichean-lìn molta do dh'oileanaich a chleachdadh, a' gabhail a-steach:

- ◆ [cliopan clas a' BhBC](#)
- ◆ [Spartacus Educational](#)
- ◆ [làrach-lìn eachdraidh sgoile](#)
- ◆ [SCRAN](#)
- ◆ [BBC Bitesize](#)
- ◆ [BBC Eachdraidh](#)
- ◆ Leabhraichean-teacsa no artaigilean

Tha tidsearan agus òraidichean ag iarraidh air oileanaich caibideil a thoirt gu buil mun chùis shònraichte aca fhèin a tha air an cur còmhla gus seata de notaichean clas a chruthachadh. Faodaidh faid a' phios rannsachaidh a bhith diofraichte a rèir comas a' chlas, cothrom air an eadar-lìon agus cuibhreachaidhean ama.

Faodaidh a' ghnìomhachd seo air a stiùireadh le luchd-ionnsachaidh a bhith air a leantainn le ath-dhaingneachadh bho thidsear no òraidiche air an eòlas agus an tuigse a bu chòir a bhith air a thogail. Dh'fhaodadh gnìomhan a bhith air an suidheachadh stèidhichte air na notaichean clas a bha air an toirt gu buil le luchd-ionnsachaidh, gus ceadachadh don tidsear no òraidiche measadh a dhèanamh air cho math 's a chaidh an cuspair a thuigsinn.

Tha gnìomhachdan a dh'fhaodadh an cleachdadh gus fianais a bhrosnachadh a' gabhail a-steach aiste air a' chuspair, mar eisimpleir:

- ◆ *B' e eòlas sheirbheisich Dhubha san Dàrna Chogadh Mhòr am prìomh adhbhar airson leasachadh air iomairt nan còraichean catharra, às dèidh 1945. Dè cho dligeach 's a tha am beachd seo?*
- ◆ Dè an ìre gun robh claon-bhreith agus leth-breith nam prìomh adhbhar airson leasachadh air iomairt nan còraichean catharra às dèidh 1945?
- ◆ Dè cho cudromach 's a bha àite Martin Luther King mar adhbhar airson leasachadh air iomairt nan còraichean catharra às dèidh 1945?

Tha an seòrsa gnìomhachd seo cuimsichte air an neach-ionnsachaidh, a' brosnachadh oileanaich fa leth gu uallach nas motha a ghabhail don ionnsachadh aca fhèin agus a' toirt dhaibh eòlas air rannsachadh eachdraidheil neo-eisimeileach a choileanadh. Tha e cuideachd gam brosnachadh gu obair le an comhaoisean agus obair àrd-chàileachdail a thoirt gu buil do chàch a chèile. Tha an aiste a' leantainn sin a' ceadachadh dhaibh an eòlas

agus an tuigse don chuspair a chleachdadh agus a chur an gnìomh airson breithneachadh fiosraichte a dhèanamh, mar sin a' leasachadh an sgilean breithneachaidh.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ cothrom air an eadar-lìon
- ◆ goireas airson obair oileanaich a chlà-bhualadh
- ◆ ùine airson obair oileanaich a thional gu notaichean clas
- ◆ goireas airson notaichean a lethbhreacadh air an toradh do gach oileanach fa leth

Eisimpleir 2 — deasbad buidhne gus luachadh a dhèanamh air bacaidhean a thaobh còraichean catharra a choileanadh do dh'Ameireaganaich Dhubha, suas gu 1941

Ann an sgrùdadh nam bacaidhean air còraichean catharra a choileanadh do dh'Ameireaganaich Dhubha suas gu 1941, tha oileanaich a' fàs mothachail do mhòran nithean co-thabhairteil. Dh'fhaodadh bacaidhean a bhith a' gabhail a-steach:

- ◆ bacaidhean laghail
- ◆ claon-bhreith an t-sluaigh
- ◆ gnìomhachdan an Ku Klux Klan
- ◆ sgaraidhean sa choimhearsnachd Dhuibh

Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean oileanaich a roinn ann am buidhnean beaga agus seata de chairtean a thoirt dhaibh a tha ag ainmeachadh nan diofar bhacaidhean air còraichean catharra a choileanadh do dh'Ameireaganaich Dhubha. Tha iad cuideachd a' toirt dhaibh bòrd-geal mòr no pìos pàipeir A3 leis a' cheist a leanas: Dè am prìomh bhacadh a bha air còraichean catharra a choileanadh do dh'Ameireaganaich Dhubha, suas gu 1941?

Thathar ag iarraidh orra an uair sin cudromachd gach bacadh a dheasbad mar bhuidheann. Mar a bhios oileanaich a' deasbad gach aon dhiubh, tha iad a' dèanamh breithneachadh air a chudromachd – mar as cudromaiche am bacadh 's ann as fhaisge a thèid e air a' cheist, fhad 's a tha na bacaidhean nach eil cho cudromach a chur nas fhaide a-muigh bhon mheadhan.

Tha an seòrsa de gnìomhachd seo a' brosnachadh breithneachadh is conaltradh àrd-chàileachdail am measg chomhaoisean. Tha e cuideachd a' ceadachadh do dh'oileanaich comas a leasachadh air bun-chùisean a luachadh a tha a' cur ri leasachadh eachdraidheil sònraichte. Le bhith a' tarraing air eòlas ro-làimh, bu chòir dhaibh a bhith comasach air seo a chur an gnìomh ann an dòigh bhreithneachail gus breithneachadh reusanta a dhèanamh. Faodaidh na sgilean sin a bhith air an eadar-ghluasad agus air an doimhneachadh tro leantainn le gnìomhachdan sgrìobhte.

Tha gnìomhachdan a dh'fhaodadh an cleachdadh gus fianais a ghintinn a' gabhail a-steach aiste air a' chuspair, mar eisimpleir:

- ◆ Dè an ìre a bha sgaraidhean sa choimhearsnachd Dhuibh nam prìomh bhacadh air còraichean do dh'Ameireaganaich Dhubha a choileanadh, suas gu 1941?

Air an làimh eile, dh'fhaodadh oileanaich aithisg naidheachd a thoirt gu buil mu bhacaidhean air còraichean catharra do dh'Ameireaganaich Dhubha a choileanadh, mar eisimpleir:

- ◆ Geàrr-iomradh air prìomh bhacaidhean a thaobh còraichean catharra do dh'Ameireaganaich Dhubha a choileanadh, le breithneachadh reusanta air cudromachd dàimheach gach aon.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ cairtean air an clò-bhualadh ag ainmeachadh nam bacaidhean air còraichean catharra do dh'Ameireaganaich Dhubha
- ◆ pàipear A3
- ◆ pinn comharrachaidh

Eisimpleir 3 – feall cùis-chùirte do Louis XVI – measadh air duilgheadasan an lùib cruthachadh riaghaltas seasmhach, 1789–92

Dh'fhaodadh a' ghnìomhachd a leanas a cleachdadh gus oileanaich a chomasachadh air luachadh a dhèanamh air na h-adhbharan airson fàilligeadh na monarcachd reachdail, suas gu 1792.

Mus coimhead oileanaich ri fìor chùis-cùirte Louis XVI, dh'fhaodadh iad com-pàirteachadh ann am feall cùis-chùirte. Tha oileanaich air an taghadh airson nam pàirtean a leanas a chluich:

- ◆ Louis XVI
- ◆ Raymond de Seze, neach-tagraidh Louis
- ◆ cuidiche de Seze
- ◆ Jacques Defermon, Ceann-suidhe na Còmhdhail

Is e Jacobins no Girondins a th' anns a' chòrr den chlas. Tha cairt riochd-gabhail aig gach pàirt le fiosrachadh nas mionaidiche gus oileanaich a chuideachadh ag ullachadh airson am pàirt sa chùis-cùirte. Tha an t-oileanach a tha a' cluich pàirt Jacques Defermon a' faighinn plana cùise a dh'fhaodas iad a leantainn ma tha iad air a shon no an cùis fhèin a chruthachadh. Tha oileanaich a' faighinn ùine airson ullachadh don phàirt aca a tha a' gabhail a-steach na Jacobins agus na Girondins a' faighneachd dà cheist air Louis agus cead aig Louis freagairt. Aig an deireadh, tha gach ball de na Jacobins, Girondins agus Jacques Defermon a' toirt seachad am breith air na casaidean an aghaidh Louis, agus a' fireanachadh am freagairt.

Tha a' ghnìomhachd seo a' ceadachadh do dh'oileanaich breithneachadh anailiseach a thoirt air a' chuspair. Tha e a' ceadachadh dhaibh cuideachd com-pàirteachadh mar phàirt de bhuidheann nas fharsainge ach a' cumail dleastanas sònraichte taobh a-staigh na buidhne sin. Tha an seòrsa seo de ghnìomhachd a' cuideachadh le sgilean breithneachaidh a leasachadh mu na duilgheadasan an lùib riaghaltas seasmhach a chruthachadh rè an ama seo.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ Cairtean riochd-gabhail le fiosrachadh mionaideach mu gach pàirt:
 - Louis XVI
 - Raymond de Seze, neach-tagraidh Louis
 - cuidiche de Seze
 - Jacques Defermon, Ceann-suidhe na Còmhdhail

Eisimpleir 4 — an Oillt Gheal, gnìomhachd ‘càite a bheil mi?’

Tha na leanas na eisimpleir air eacarsaich ath-obair airson oileanaich a chuideachadh a’ luachadh nan adhbharan airson a’ Chonsalachd a stèidheachadh.

Dh’fhaodadh tidsearan is òraidichean:

- ◆ beagan ùine a thoirt do dh’oileanaich airson meòrachadh agus ath-obair air fiosrachadh mun Oillt Gheal
- ◆ trì cairtean a thoirt do gach oileanach – aon le ‘Paris’ air; aon le ‘Vendée’ air; agus aon le ‘Deas’ air
- ◆ 10 tuairmsean a leughadh a-mach airson cunntas agus fiosrachadh a thoirt mu far na ghabh tachartasan sònraichte àite, rè na h-Oillt Ghil

Tha aig oileanaich an uair sin ri co-dhùnadh an e ‘Paris’, ‘Vendée’ no ‘Deas’ a bh’ ann agus a’ chairt iomchaidh a chur suas. Gabhaidh seo a thionndadh gu geama farpaiseach le cairtean sgòraidh air an sgaoileadh do dh’oileanaich airson nota a chumail de na comharran aca. Aig an deireadh, tha gach tiog air iompachadh gu 1 chomharra agus na comharran air an cur ri chèile gu h-iomlan, leis an sgòr as àirde a’ buannachadh.

Tha a’ gnìomhachd seo a’ cuideachadh oileanaich gu ath-ghairm a dhèanamh air eòlas fìor agus tuigse. Faodaidh an seòrsa de gnìomhachd seo a h-atharrachadh agus faodar faighneachd mu dheidhinn tachartasan no daoine sònraichte.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ tuairmsean air an dèanamh suas
- ◆ cairtean ainmean-àite air an dèanamh
- ◆ cairtean sgòraidh

Dh’fhaodadh na ro-innleachdan sin a bhith air an atharrachadh agus air an cleachdadh gus freagairt air cuspairean eile.

Eachdraidh Albannach

Tha na h-eisimpleirean a leanas a' solarachadh comas air modhan ionnsachaidh is teagaisg, a' cuimseachadh air cùisean a tha buntainneach do chuspairean ann an eachdraidh na h-Alba. Tha na h-eisimpleirean a' tarraing air co-theacsaichean aithnichte. **Chan e** stiùireadh a th' anna mu choinneamh mheasaidhean san àm ri teachd.

Eisimpleir 1 — 'jig-sawing' am freagairt

Is e aon de na dòighean as fheàrr air oileanaich a chuideachadh gu stòr a thuigsinn eisimpleir a thoirt dhaibh airson a bhriseadh sìos agus anailis a dhèanamh air. Dh'fhaodadh beachdachadh leotha air na ceistean bunaiteach seo a bhith na dheagh phuing tòiseachaidh:

- ◆ Cuin a chaidh a sgrìobhadh no a ràdh?
- ◆ Carson a chaidh a sgrìobhadh no a ràdh?
- ◆ Cò sgrìobh no thuirt e?
- ◆ Dè am fiosrachadh a th' anns an stòr?

Gan sgaradh ann am buidhnean beaga de cheathrar no nam paidhrichean, tha tidsearan is òraidichean ag iarraidh air oileanaich na ceithir cheistean a roinn eatarra – aon no a dhà an urra – agus na freagairtean a dheasbad.

Tha an seòrsa ro-innleachd seo feumail ann an tòiseachadh air obair stèidhichte air stòr, oir tha nàdar a bhith ag obair le càch ann am buidheann beag no mar phaidhir a' solarachadh àrainneachd shàbhailte do dh'oileanaich air am beachdan fhoillseachadh do ghrunn daoine. Tha e a' cuideachadh cuideachd le conaltradh a leasachadh agus a' ceadachadh smaoineachadh nas neo-eisimeilich agus 's dòcha nas cruthachail. Tha e a' toirt ùine do dh'oileanaich an ionnsachadh fhèin a dhaingneachadh agus an uair sin a roinn leis a' chòrr den bhuidhinn aca gus am faod dealbh no anailis iomlan a bhith dèante.

Aon uair 's gu bheil oileanaich air na ceithir cheistean bunaiteach sin a dheasbad, tha iad a' beachdachadh air ceistean eile a th' aca mun stòr a thuilleadh air na dh'fhaodadh an stòr a bhith air fhàgail às. Tha seo a-rithist a' brosnachadh smaoineachadh breithneachail is anailiseach mu stòran.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dh'ìth

- ◆ Tha bùird gheala feumail do dh'oileanaich airson puingean a chlàradh a dh'fhaodas iad a roinn le chèile

Eisimpleir 2 — teamplaidean sgrìobhaidh

Faodar dìochuimhneachadh uaireannan mu theamplaidean aig Àrd-Ìre oir tha iad glè thric air an co-cheangal ri irean ionnsachaidh nas ìsle. Ach dh'fhaodadh iùil structaraichte gu freagairtean do cheistean stèidhichte air stòr deagh phuing tòiseachadh a thoirt dhaibh.

Faodaidh an eacarsaich seo a dhèanamh mar bhuidheann, paidhir no fa leth.

Tha tidsearan is òraidichean a' toirt stòr do dh'oileanaich agus teamplaid airson an stiùireadh ann an cur structar air an fhreagairt aca. Tha an eisimpleir seo air a cur ri chèile airson na ceist 'Luachaich feumalachd'.

Tha an teamplaid a' solarachadh an fhiosrachaidh bhunaitich air a bheil feum airson freagairt don cheist seo a chruthachadh. Ma tha seo dèante le oileanaich fa leth, tha oileanaich a' suapadh an teamplaid le com-pàirtiche agus a' comharrachadh am prìomh phuingean mu choinneamh nan stiùiridhean comharrachaidh. Is e eacarsaich fheumail a tha seo don t-seòrsa ceist seo oir cha bhì cuid de dh'oileanaich an-còmhnaidh a' cuimseachadh air an aon mhion-fhiosrachadh ri càch, agus tha ais-fhiosrachadh luachmhor aig an ìre seo mus tèid iad air adhart gu freagairt shlàn a sgrìobhadh.

Ach is fhiach cuimhneachadh airson measadh chomhaoisean a bhith èifeachdach, feumaidh oileanaich a bhith eòlach air na slatan-tomhais soirbheachaidh agus aithne a bhith aca air an dòigh air fiosrachadh air ais èifeachdach a thoirt seachad. Mar sin, tha e deatamach gu bheil na stiùiridhean comharrachaidh air an deasbad.

Dh'fhaodadh a' ghnìomhachd seo a leantainn le freagairt shlàn don cheist a sgrìobhadh air an deach ruith thairis ro-làimh. A-rithist tha oileanaich a' suapadh am freagairtean airson an comharrachadh le comhaoisean mu choinneamh nan stiùiridhean comharrachaidh.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dh'ìth

- ◆ stòran agus ceistean buntainneach
- ◆ teamplaid do dh'oileanaich airson sgrìobhadh (faic an eisimpleir)
- ◆ stiùiridhean comharrachaidh

Teamlaid: a' structaradh na freagairt agad don cheist 'Luachaich feumalachd'

Nuair a bhios oileanaich a' luachadh stòran, feumaidh iad beachd a thoirt air an tùs, adhbhar agus susbaint.

Thoir seachad beachdan air **tùs** an stòrais seo. (Cuimsich air ùghdarachd, ceann-latha, seòrsa stòir).

Thoir beachd air **adhbhar** an stòir seo. Carson a chaidh a sgrìobhadh? Cò dha a bha e?

Dè an teachdaireachd a th' anns an stòr? Thoir seachad mion-fhiosrachadh mun t-susbaint a th' innte.

Dè na crìochan a tha comasach don stòr seo? Cleachd d' fhiosrachadh fhèin a tha cur taic ri a luach no a' nochdadh a laigsean.

Liosta-sgrùdaidh — cuir tiog ma tha thu air gabhail a-steach:

- ◆ beachdan mu thùs agus adhbhar?
- ◆ beachdan air an t-susbaint?
- ◆ cleachd d' fhiosrachadh fhèin air puingeann a tha a' cur taic ri no cur an aghaidh na teachdaireachd san stòr?

Eisimpleir 3 — togail eòlas air teirmean is bun-bheachdan eachdraidheil buntainneach

Mar phàirt den mheasadh cùrsa, thathar a' sùileachadh gun dèan oileanaich feum de theirmean is bhun-bheachdan eachdraidheil buntainneach. Bidh iad sin eadar-dhealaichte a rèir nan còig diofar chuspairean agus tha oileanaich a' cumadh briathrachas speisealta do gach aon.

Bhiodh e feumail do dh'oileanaich beag-fhaclair a chumail de na teirmean is bun-bheachdan ùra mar a tha iad a' cur eòlas orra. Bhiodh duilleag a dh'aon ghnothaich aig toiseach nan notaichean aca feumail. Gus cleachdadh air a leithid sin de bhriathrachas adhartachadh, dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean deasbadan a ghoireasachadh air cuid de na bun-bheachdan mar 'dearbh-aithne' no 'còmhstri', a dh'fhaodas leantainn gu smaoineachadh àrd-ìreil agus tuigse nas làidire do dhiofar bhun-bheachdan.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ Liosta den bhriathrachas is brìghean a tha buntainneach don chuspair airson an roinn le oileanaich mar as iomchaidh.

Eisimpleir 4 — ceart no ceàrr — stèidheachadh eòlas air ath-ghairm

Tha am pàipear cheistean air eachdraidh na h-Alba ag iarraidh gun tarraing oileanaich air agus gun cur iad an gnìomh eòlas is tuigse a tha fìor. Tha na leanas na dhòigh glè shìmplidh ach èifeachdach air oileanaich a chuideachadh gu fiosrachadh fìor ath-ghairm mun chuspair aca.

Tha tidsearan is òraidichean a' toirt seachad diofar aithrisean do dh'oileanaich – an dàrna cuid air cairtean no air a' bhòrd. Tha aig oileanaich ri na h-aithrisean a tha fìor agus na h-aithrisean nach eil fìor a thaghadh. Dh'fhaodadh seo a bhith air a chleachdadh mar ath-obair don chlas gu lèir no ann am paidhrichean.

Mar leantainneachd, dh'fhaodadh iarraidh air oileanaich na h-aithrisean fìor a sgrìobhadh sìos agus iad sin a chleachdadh mar phàirt de an eòlas air ath-ghairm don chuspair. Dh'fhaodadh seo a bhith na dhòigh mhath air an ath-ghairm a tha iomchaidh do cheistean sònraichte a stèidheachadh.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ Liosta de dhiofar phìosan fiosrachaidh fìor bhon chuspair còmhla ri cuid nach eil fìor

Eisimpleir 5 — maidsig na cairtean cinn-latha

Mar an ceudna, dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean cairtean a sgaoileadh no a thaisbeanadh air a' bhòrd ag ainmeachadh thachartasan sònraichte a tha buntainneach don chuspair. Tha oileanaich a' faighinn seata eile de chairtean le cinn-latha orra agus aca ri gach tachartas a mhaidseadh ris a' cheann-latha cheart.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ Cairtean le mion-fhiosrachadh mu thachartasan sònraichte agus cairtean leis na cinn-latha co-fhreagrach.

Eisimpleir 6 — cairtean tòiseachaidh deasbaid

Tha mòran de na dòighean a tha air am moladh an urra ri deasbad agus cothrom a thoirt do dh'oileanaich a dhol an sàs ann an conaltradh àrd-chàileachdail. Dh'fhaodadh cairtean tòiseachaidh deasbaid a bhith na dhòigh fheumail air teagasg do dh'oileanaich mu dhiofar sgilean deasbaid leithid èisteachd ri càch, cur cheistean agus dùbhlachadh bheachdan. Is e dòigh mhath a th' ann cuideachd air bacadh a chur air deasbadan buidhne bho bhith air an riaghladh le aon neach fa leth oir tha e mu dheidhinn nan oileanach uile.

Faodaidh e grunn oidhirpean air a' ghnìomhachd seo a thoirt airson deasbadan matha eachdraidheil fhaotainn agus mar sin dh'fhaodadh e a bhith na b' fhasa tòiseachadh le co-theacsa a tha nas aithnichte, mar 'A bheil an latha sgoile ro fhada?' no 'Am bu chòir dhuinn èideadh sgoile a chleachdadh?'

Mus tòisichear air a' ghnìomhachd seo, bu chòir do thidsearan is òraidichean dèanamh cinnteach gu bheil na h-oileanaich uile a' tuigsinn na tha na diofar theirmean air na cairtean a' ciallachadh:

- ◆ **Moladh:** toirt beachd-smuain don chòrr den bhuidhinn
- ◆ **Ceist:** faighnich ceist cho-cheangailte don chòrr den bhuidhinn
- ◆ **Taic:** thoir iomradh air pìos fiosrachaidh a tha a' cur taic ri puing a tha neach eile sa bhuidhinn air a cur air adhart (fiù ged nach eil thu ag aontachadh leis)
- ◆ **Dùbhlach:** thoir iomradh air pìos fiosrachaidh a tha a' dùbhlachadh na tha neach eile sa bhuidhinn air a chur air adhart (fiù ged nach eil thu ag aontachadh leis)
- ◆ **Leudaich:** gabh puing a tha neach eile sa bhuidhinn air a togail agus leasaich a' phuing barrachd

Bu chòir don tidsear no òraidiche ceist fhosgailte fhaighneachd a tha a' ceadachadh deasbad agus diofar bheachdan.

Eagraich oileanaich ann am buidhnean de cheathrar. Thoir cèis do gach buidheann anns a bheil mu 30 cairt tòiseachaidh deasbaid. Bu chòir còig chairtean tuairteamach a dhèiligeadh do gach oileanach, le an aghaidh sìos.

Mar a tha an deasbad ag adhartachadh, bu chòir do dh'oileanaich feuchainn ri an cairtean a chluich. Mar eisimpleir ma tha cairt 'ceist' aca, bu chòir dhaibh an uair sin feuchainn ri ceist a chur aig puing fhreagarrach san deasbad agus a' chairt aca a chur le a h-aghaidh suas ann am meadhan a' bhùird. Ma tha cairt 'dùbhlach' aca, bu chòir dhaibh an uair sin beachd eile no dùbhlach no fiosrachadh a thogail agus a' chairt aca a chur ann am meadhan a' bhùird.

Is e amas na h-obrach gun cluich na h-oileanaich an cairtean uile. Faodaidh seo a bhith na inneal fheumail airson misneachd le obair stòir a thogail, agus ceadachadh do dh'oileanaich an smuaintean mu stòran a chur an cèill, eadar gu bheil iad ceart no ceàrr, gus fàs nas eòlaich air na sgilean a tha a dhìth.

Dh'fhaodadh e a bhith feumail do dh'oileanaich mìneachadh air an roghainn a sgrìobhadh air cùl gach cairt.

Stuthan sònraichte agus/no an t-ullachadh a tha a dhìth

- ◆ Cairtean deasbaid air an clò-bhualadh do gach buidheann

Cleachdadh stòran tùsail mar cho-phàirt do theagasg

Tha mòran stòrasan diofraichte ri fhaotainn airson nan còig co-theacsaichean Albannach, a' gabhail a-steach stòran a tha rim faotainn gu h-ionadail. Tha e air a mholadh, ma tha tidsearan is òraidichean airson cothrom fhaighinn air an iomadh stòr a tha ri fhaotainn sna Cruinneachaidhean Nàiseanta, gun cuir iad fios gu seirbheisean foghlaim nam buidhnean sin as urrainn an comhairleachadh air freagarrachd nan stòrasan sa chruinneachadh sin.

Dh'fhaodadh gum bi tidsearan is òraidichean airson tursan a-mach a chur air dòigh gus a dhèanamh comasach do dh'oileanaich cothrom fhaotainn air na stòrasan sin gu pearsanta. Mar an ceudna, faodaidh an neach-fiosrachaidh foghlaim an comhairleachadh air an dòigh as fheàrr air na stòrasan sin a ruigsinn. Ma tha astar na dhuilgheadas, tha cuid de na stuthan tasglainn bho na Cruinneachaidhean Nàiseanta air an dèanamh didseatach agus rim faotainn air-loidhne.

Tha stòran rim faotainn bho na leanas:

- ◆ [Tasglannan Nàiseanta na h-Alba](#)
- ◆ [Leabharlann Nàiseanta na h-Alba](#)
- ◆ [Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba](#)
- ◆ [Lìonra Thasglannan na h-Alba](#)
- ◆ [Taidhean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba \(NMS\)](#)
- ◆ [Gailearaidhean Thaidhean-tasgaidh na h-Alba](#)
- ◆ [SCRAN](#)
- ◆ [Àrainneachd Eachdraidheil Alba](#)
- ◆ [Urras Nàiseanta na h-Alba](#)
- ◆ [Leabharlann Mitchell, Glaschu](#)
- ◆ [Ionad Tasglainn Iùdhach Alba](#)
- ◆ [Arc-eòlas Alba](#)
- ◆ [Dualchas Nàdair na h-Alba](#)
- ◆ [Engage Alba](#)

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Pàipearan cheistean

Ann am pàipear cheistean **eachdraidh Bhreatannach, Eòrpach agus an t-saoghail**, tha an dà sheòrsa ceist co-cheangailte ri luachadh air bun-chùisean a tha a' cur ri tachartas no leasachadh eachdraidheil, agus/no measadh air buaidh tachartais no leasachaidh eachdraidheil. Tha bunait cheistean measaidh agus ceistean luachaidh a' gabhail a-steach:

- ◆ Dè an ìre gu bheil ...
- ◆ Dè cho cudromach ...
- ◆ *Aithris*. Dè cho dlìgheach 's a tha am beachd seo?

Ann am pàipear cheistean **eachdraidh Albannach**, tha ceithir sheòrsaichean cheistean:

- ◆ Dèan measadh air feumalachd an Stòir ... mar fhianais air ...
- ◆ Dè an ìre gu bheil an Stòr ... a' mìneachadh ...
- ◆ Dè cho mòr 's a tha Stòran ... agus ... a' nochdadh mu dheidhinn diofar eadar-mhìneachaidhean air ...
- ◆ Minich na h-adhbharan ...
- ◆ Airson na ceist luachaidh air an Stòr (Dèan measadh air feumalachd ...), bu chòir do fhreagairtean nan oileanach a bhith a' luachadh na h-ìre gu bheil stòr feumail, le bhith a' toirt bheachdan measaidheil fa leth air taobhan den stòr leithid ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar, timeadh, susbaint an stòir, agus puingean dearmaid cudromach. Bu chòir do bheachdan luachaidh air an ùghdar, seòrsa stòir, adhbhar agus timeadh co-cheangal dìreach a dhèanamh ris a' chuspair sgrùdaidh Albannach. Airson susbaint an stòir, bu chòir do dh'oileanaich aithris bhon stòr, a' phuing air a taghadh bhon stòr a làn-mhìneachadh agus seo a cheangal gu dìreach ris a' cheist. Bu chòir do dh'oileanaich puingean dearmaid cudromach a cheangail dìreach ris a' cheist.
- ◆ Airson na ceist co-theacsachaidh air an stòr (Dè cho mòr...), bu chòir do fhreagairtean nan oileanach breithneachadh soilleir a dhèanamh air an ìre gu bheil an stòr a' solarachadh làn-mhìneachaidh air tachartas no leasachadh, mar eisimpleir, 'Tha an stòr a' mìneachadh ann am pàirt ...' no 'Tha an stòr a' mìneachadh gu ìre'. Mar thaic do am breithneachadh, bu chòir do dh'oileanaich puingean a chomharrachadh bhon stòr agus an uair sin puingean dearmaid cudromach (eòlas air ath-ghairm), a tha riatanach airson làn-mhìneachadh a sholarachadh air na tachartasan no an leasachadh air a bheil a' cheist a' cuimseachadh. Bu chòir do phuingean stòir air an taghadh (tha e na dheagh chleachdadh aithris bhon stòr) a bhith le taic bho mhìneachadh mionaideach air am buntanas don cheist. Bu chòir do dh'oileanaich cuideachd eòlas air ath-ghairm a cheangal ris a' cheist agus am puingean eòlais air ath-ghairm a mhìneachadh mar fhreagairt don cheist.
- ◆ Airson na dà cheist stòir (Dè na tha Stòran a' sealltainn mu dhiofar eadar-mhìneachaidhean air ...), bu chòir do fhreagairtean oileanaich na prìomh eadar-mhìneachaidhean air cuspair no tachartas a chomharrachadh agus a mhìneachadh, mar a tha air an riochdachadh leis an dà stòr. Bu chòir do dh'oileanaich tòiseachadh le bhith a' comharrachadh prìomh bheachdan an dà stòir. Bu chòir do phuingean stòir an eadar-mhìneachadh. Bu chòir do dh'oileanaich na puingean buntainneach a thaghadh gu

cùramach bho na stòran (tha e na dheagh chleachdadh aithris bhon stòr) agus mìneachadh carson a tha am puingeann no an aithrisean taghte cudromach don chùis a tha iad a' deasbad. Bu chòir do dh'aithrisean ceangal ris a' cheist a chaidh fhaighneachd. Bu chòir do dh'oileanaich cuideachd eòlas air ath-ghairm a thoirt a-steach gus na puingeann stòir a leasachadh agus/no susbaint an stòir a cho-theacsachadh. Bu chòir do dh'oileanaich eòlas air ath-ghairm a cheangal ris a' cheist.

- ◆ Airson na ceist eòlais (Mìnich na h-adhbharan gu bheil ...), bu chòir do fhreagairtean nan oileanach prìomh phuingeann a chomharrachadh agus mìneachaidhean buntainneach a thoirt seachad mar fhreagairt don cheist.

Obair shònraichte

Is e adhbhar obair shònraichte Eachdraidh Àrd-Ìre, cothrom a thoirt do na h-oileanaich an comas air an sgilean, eòlas agus tuigse a chur an gnìomh airson ceist eachdraidheil de an roghainn fhèin a fhreagairt. Dh'fhaodadh seo a bhith co-cheangailte ri raointean a tha iad air a sgrùdadh sa chlas, mas miann leotha, ach tha iad saor airson cùis eachdraidheil sam bith a rannsachadh. Dh'fhaodadh gum bi oileanaich airson an cothrom seo a chleachdadh gus raointean de dh'eachdraidh ionadail a rannsachadh no raon ùidhe ag èirigh às na tha iad air ionnsachadh sa chlas.

Tha an obair shònraichte ag iarraidh air oileanaich ceist no cùis iomchaidh a thaghadh agus aiste a sgrìobhadh ann an suidheachaidhean fo smachd taobh a-staigh 1 uair a thìde agus 30 mionaid ann an aon suidhe.

Tha 30 comharra ri fhaotainn airson nan sgilean, eòlas agus tuigse a leanas:

- ◆ cur na cùise na cho-theacsa eachdraidheil
- ◆ dèanamh anailis air bun-chùisean a' cur ris an tachartas no leasachadh
- ◆ luachadh bhun-chùisean gus loidhne argamaid a leasachadh
- ◆ cleachdadh fiosrachadh bho stòran mar thaic do bhun-chùisean
- ◆ cleachdadh eòlas mar thaic do bhun-chùisean
- ◆ tighinn gu co-dhùnadh mun chùis

Bu chòir do dh'oileanaich ceist a thaghadh a tha a' ceadachadh dhaibh anailis a dhèanamh air cùis eachdraidheil iom-fhillte anns a bheil raon de bhun-chùisean no raointean buaidh, agus a tha a' ceadachadh dhaibh tarraing air co-dhùnadh reusanta.

Eisimpleirean de cheistean don obair shònraichte

Tha na h-eisimpleirean a leanas a' tarraing air co-theacsaichean agus stòran aithnichte.

Chan eil iad nan stiùir do cheistean iomchaidh obair shònraichte uile.

Eisimpleir de cheist air a tarraing bho eachdraidh Bhreatannach, pàirt A: eaglais, stàit agus co-chomann fiùdalach, 1066–1406:

- ◆ Dè cho cudromach 's a bha Ar-a-mach an Luchd-tuatha mar adhbhar airson crìonadh sa cho-chomann fhiùdalach?

Eisimpleir de cheist air a tarraing bho eachdraidh Bhreatannach, pàirt C: a' mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd:

- ◆ Dè an ìre gun robh eagal air a ghintinn le ar-a-mach Afraganaich fo thràillealachd air Saint-Domingue mar am prìomh bhacadh air cur-às do mhalairt nan tràilleann?

Eisimpleir de cheist air a tarraing bho eachdraidh Bhreatannach, pàirt D: Breatainn, 1851–1951:

- ◆ *Bha ath-leasachaidhean nan Làbarach, 1945-51, a' làimhseachadh gu soirbheachail na Còig Fuamhairean a tha air am mìneachadh ann an Aithisg Beveridge. Dè cho dligheach 's a tha am beachd seo?*

Eisimpleir de cheist air a tarraing bho eachdraidh Eòrpach agus an t-saoghail, pàirt A: cogaidhean na croise, 1071–1204:

- ◆ Dè cho cudromach 's a bha cleachdadh Saladin air dioplòmasaidh mar adhbhar air fuasgladh don Treas Cogadh Croise?

Eisimpleir de cheist air a tarraing bho eachdraidh Eòrpach agus an t-saoghail, pàirt C: Ar-a-mach na Frainge, gu ruige 1799:

- ◆ Dè an ìre gun robh dleastanas Louis XVI na phrìomh adhbhar air fàillineadh na monarcachd reachdail ann an 1792?

Eisimpleir de cheist air a tarraing bho eachdraidh Eòrpach agus an t-saoghail, pàirt G: SA 1918–68:

- ◆ *Bha poileasaidhean an riaghaltais phoblachdaich sna 1920an mar am prìomh adhbhar airson na h-èiginn eaconamaich ann an 1929–33. Dè cho dligheach 's a tha am beachd seo?*

Leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a chomharrachadh tron chùrsa do dh'oileanaich sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh a leasachadh.

Bu chòir do dh'oileanaich a bhith mothachail do na sgilean a tha iad a' leasachadh agus is urrainn do thidsearan is òraidichean comhairle a thoirt seachad air cothroman airson an cleachdadh agus an leasachadh.

Chan eil SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh.

Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann cuideachd airson sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir nam modhan-obrach a thathar a' cleachdadh airson an cùrsa a libhrigeadh anns gach ionad. Tha seo an urra ri tidsearan is òraidichean a stiùireadh.

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

Tha an cùrsa Eachdraidh Àrd-Ìre a' solarachadh cothroman do dh'oileanaich an sgilean litearrachd a leasachadh, gu h-àraidh leughadh is sgrìobhadh. Tha oileanaich air am brosnachadh gu leughadh cho farsaing 's as urrainn dhaibh agus sgrìobhadh leudaichte a ghabhail os làimh mar as iomchaidh, gus ullachadh airson measadh cùrsa.

Tha an obair shònraichte a' solarachadh tuilleadh cothroman do dh'oileanaich air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh a leasachadh. Tha cothrom aig oileanaich sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh a leasachadh mar a bhios iad a' rannsachadh an cuspair agus a' sgrìobhadh an obraichean sònraichte.

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

4.6 Saoranachd

Tha saoranachd air a leasachadh tro sgrùdadh air àite na h-Alba taobh a-staigh an t-saoghail, fèin-mhothachadh agus dearbh-aithne a' fàs.

Le bhith a' sgrùdadh àm Breatannach agus Eòrpach agus an t-saoghail, faodaidh oileanaich sealladh nas fharsainge agus nas doimhne a leasachadh de thachartasan agus tèaman eachdraidheil nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 Cur an gnìomh
- 5.4 Dèanamh anailis agus luachadh

Tha sgilean smaoineachaidh gan leasachadh tarsainn amannan Breatannach, Eòrpach agus an t-saoghail uile. Tro nàdar sgrùdadh eachdraidheil, tha oileanaich a' leasachadh an tuigse do phrìomh chùisean agus phrìomh thachartasan a thuilleadh air sgilean comharrachail, agus tha iad ag ionnsachadh an cur an gnìomh. Tha oileanaich ag obair le raon de stòran de

dhiofar duilgheadais a tha a' leasachadh an comais air eòlas a thuigsinn agus a chur an gnìomh.

On is e luachadh air stòran eachdraidheil cuimse nan sgilean sònraichte ann am pàipear cheistean eachdraidh na h-Alba, thathar a' sùileachadh do dh'oileanaich anailis a dhèanamh air raon de stòran gus claon-bhreith, aibhseachadh agus roghainneachd ann an cleachdadh firinn a chomharrachadh, agus tighinn gu breithneachaidhean air feumalachd stòran airson rannsachadh eachdraidheil.

San obair shònraichte, tha oileanaich a' leasachadh sgilean ann an làimhseachadh fiosrachaidh mar a bhios iad a' dèanamh anailis agus luachadh air raon de stòran eachdraidheil leithid phàipearan-naidheachd, leabhraichean-latha, beatha-aisneisean, litrichean, òraidean agus luchd-eachdraidh. Tha iad a' cur an eòlais an cèill anns a' chùis a chaidh a sgrùdadh, agus a' cleachdadh sgilean anailiseach agus luachaidh, an dà chuid sa phròiseas rannsachaidh agus ann an ullachadh an toraidhean airson an obair shònraichte a sgrìobhadh.

Pàipear-taice 2: ceist le dà stòr (Dè an ìre is gu bheil stòran... ag innse dhuinn mu dhiofar mhìneachaidhean air...)

Ro-ràdh

Tha an earrann seo a' toirt seachad eisimpleirean den cheist choimeasaich dà-stòras le 10 comharran ann am pàipear cheistean eachdraidh na h-Alba.

Eisimpleir de cheist 1

Imrich agus an ìmpireachd, 1830-1939

Dèan sgrùdadh air na stòran gu h-ìosal agus freagair a' cheist a leanas.

Stòr A: bho Marjory Harper, *Crossing borders: Scottish emigration to Canada* (2006).

Bhiodh riaghaltasan, mar eisimpleir riaghaltas Chanada, a' fastadh eilthirich Albannach airson a dhol air ais a dh'Alba gus daoine eile a bhrosnachadh imrich a dhèanamh ann, ag innse sgeulachdan mu fhearann torrach agus mar a dhèanadh iad airgead nas motha na gheibheadh iad ann an Alba. Ro dheireadh an 19^m linn, bha buidhnean de riochdairean proifeiseanta air buaidh a thoirt fiù 's air na sgìrean as iomallaiche de dh'Alba, a' libhrigeadh òraidean, agus a' cur air dòigh tiocaidean siubhail, fearann no cosnadh. Stèidhich an riaghaltas Feadarail riochdairean riaghaltais ann an àiteachan ro-innleachdail air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach Glaschu bho 1869, Obar Dheathain bho 1907 agus Inbhir Nis bho 1923. Ach, cha b' e a-mhàin buidhnean riaghaltais a bhrosnaich an imrich gu Canada. Bha an Salvation Army, a bha a' cumail a-mach tràth san 20^m linn gur iad a' bhuidheann eilthireachd as motha san t-saoghal, gnìomhach ann an Alba an dà chuid ron chogadh agus às dèidh a' chogaidh, a' toirt seachad taic le cosgaisean siubhail, agus le comhairle cosnaidh do bhoireannaich shingilte, fir gun obair, agus inbhich òga.

Stòr B: bho Roger Hudson, *Going for Good, History Today*, 62(6) (Ògmhios 2012).

Dh'fhalbh tòrr mòr Albannaich gus feuchainn ri beartas fhaighinn ann an lorgan òir (*gold rushes*) ann an Canada agus Astràilia. Eadar 1841 agus 1861 bha ìsleachadh de thrian ann an àireamh-sluaigh a' Chosta an Iar tuath air Àird nam Murchan agus sna h-Eileanan A-staigh agus A-muigh. Às dèidh sin, ged a bha eilthireachd a' leantainn air adhart, 's ann às a' Ghalltachd a bha seo gu ìre mhòr, air a stiùireadh chan ann le bochdainn ach le bhith a' tairgse fearann saor agus uaireannan fearann an asgaidh ann an dùthchannan na h-Ìmpireachd. 'S ann anns na 1920 a bha an ìre às-imrich as motha, le 363,000 a' falbh airson Canada agus na Stàitean Aonaichte air an deichead sin, agus leis na ceudan de mhiltean a' dol a Shasainn cuideachd. Chaidh 25 millean acair a riarachadh do Chompanaidh Rathad-iarainn a' Chanadian Pacific eadar Winnipeg agus na Rockies ann an 1880 oir bha feum aca air solar cunbhalach de dh'eilthirich Albannach, an dà chuid fireannaich agus boireannaich, gus an roinn mhòr seo a lionadh le tuathanasan is bailtean, rud a bha na adhbhar brosnachaidh do mhòran Albannaich bhochda.

Dè an ìre is gu bheil **Stòran A** agus **B** a' nochdadh dhiofar mhìneachaidhean air na factaran tarraing a bhrosnaich daoine gus eilthreachd a dhèanamh à Alba, suas gu 1939?

Eisimpleir de cheist 2

Buaidh a' Chogaidh Mhòir, 1914–1928

Dèan sgrùdadh air na stòran gu h-ìosal agus freagair a' cheist a leanas.

Stòr A: bho IGC Hutchison, *Scottish Politics in the Twentieth Century* (2001).

Bha fìor atharrachadh ann am poileataigs gnìomhachas nam pàipearan-naidheachd às dèidh a' chogaidh a bha gu tur eadar-dhealaichte bhon radaigeachd a chunnacas ann an Ceàrnag Sheòrais às dèidh a' chogaidh. Ron chogadh bha taic cha mhòr co-ionann aig na pàipearan ris na Làbaraich agus ris na h-Aonachdaich ach às dèidh sin, ghluais na meadhanan gu mòr a dh'ionnsaigh nan Tòraidhean. Ann am bailtean mòra leithid Glaschu agus Dùn Dè, bha pàipear làitheil taiceil aig an dà phàrtaidh ach ro mheadhan nan 1920an, bha na pàipearan Libearalach sin uile air falbh. Ann an Glaschu, chaidh an *Daily Record*, a bha air a bhith a' toirt taic gu mòr ris na Libearalaich, a cheannach le luchd-gnìomhachais a bha taiceil do na Tòraidhean, agus dh'atharraich am poilittigs mar thoradh air sin, agus e a-nis a' moladh an Aonaidh agus a' Phàrtaidh Thòraidhich. Nuair a nochd pàipearan-naidheachd ùra, bha iad taiceil do na Tòraidhean: bha an *Glasgow Bulletin*, a chaidh a chur air bhog ann an 1915, ag amas air luchd-leughaidh meadhan-chlas-ìosal le beachdan Tòraidheach oir bha pàipearan-naidheachd leithid an *Sunday Post* a bha a' toirt taic làidir do na h-Aonachdaich, a thòisich ann an 1914, air a leughadh le cha mhòr a h-uile duine air feadh na h-Alba.

Stòr B: bho James J. Smyth, *Resisting Labour: Unionists, Liberals, and Moderates in Glasgow between the wars* (2003).

Tha e soilleir gun robh tòrr luchd-bhòtaidh Aonaidheach am measg a' chlas-obrach ann an Glaschu, ach, chuir luchd-poilitigs agus acadaimigich cudromach uile ri beachd a bha a' fàs gun robh na h-Èireannaich Chaitligeach, agus an ceangal a bh' aca ri poileataigs na làimhe clì, nan cunnart. Bha an dearbh-aithne Aonaidheach sin a' gabhail a-steach nàimhdeas do na h-Èireannaich no, airson a bhith nas mionaidiche, na h-Èireannaich Chaitligeach. Bha Orainseachd riamh na h-eileamaid chudromach ann an Tòraidheachd a' chlas-obrach, le riochdachadh dìreach aig an Òrdugh Orainseach air roinn an iar agus comann Ghlaschu a' phàrtaidh. Ged a thàinig an dàimh fhoirmeil seo gu crìch ann an 1922 nuair a tharraing an t-Òrdugh Orains às mar ghearan an aghaidh soidhnigeadh a' Chùmhnaint Angla-Èireannaich, bha an ceangal fhathast làidir fiù 's às dèidh 1922. Bha Eaglais na h-Alba gu mòr an aghaidh nan Làbarach agus airson an Aonaidh rè bliadhnaichean a' chogaidh agus chuir i a' choire air na h-Èireannaich gun deach bhòtadh airson nam Ball Pàrlamaid 'Red Clydeside' ann an 1922, a bharrachd air a bhith ag ràdh gun robh a' mhòr-chuid de cheannardan nan Làbarach nan Èireannach.

Dè an ìre is gu bheil **Stòran A** agus **B** a' sealltainn gu bheil diofar mhìneachaidhean ann air na h-adhbharan airson fàs Pàrtaidh Aonaidheach na h-Alba?

Buidheachas còir-lethbhreac

Pàirt D: Imrich agus Ìmpireachd, 1830–1939

Eisimpleir de cheist 2

Stòr B — Tha an artaigil stèidhichte air *Scottish Emigration: Going for Good* le Roger Hudson, bho *History Today*, 62(6), Ògmhios 2012 . Air ath-riochdachadh le cead bho History Today Ltd.

Eisimpleirean de cheistean: stiùireadh comharrachaidh

Imrich agus an ìmpireachd, 1830–1939

1	Faodaidh oileanaich comharran fhaighinn ann an grunn dhòighean suas gu 10 comharran aig a’ char as motha.	
	Puing air a chomharrachadh ann an Stòr A	An seòrsa beachd a tha a’ sealltainn gu bheil an tagraiche air am beachd/na beachdan cudromach a mhineachadh
	Bhiodh riaghaltasan, mar eisimpleir riaghaltas Chanada, a’ fastadh eilthirich Albannach airson a dhol air ais a dh’Alba gus daoine eile a bhrosnachadh a ghluasad ann, ag innse sgeulachdan mu fhearann torrach agus mar a dhèanadh iad airgead nas motha na gheibheadh iad ann an Alba.	Chleachd Dùthchannan na h-Ìmpireachd eilthirich Albannach soirbheachail agus phàigh iad iad gus siubhal air ais a dh’Alba gus barrachd Albannaich a chuideachadh gus imrich a dhèanamh do na dùthchannan sin.
	Ro dheireadh an 19 ^{mh} linn, bha buidhnean de riochdairean proifeiseanta air buaidh a thoirt fiù ’s air na sgìrean as iomallaiche de dh’Alba, a’ libhrigeadh òraidean, agus a’ cur air dòigh tiocaidean siubhail, fearann no cosnadh. Stèidhich an riaghaltas Feadarail riochdairean riaghaltais ann an àiteachan ro-innleachdail air feadh na h-Alba.	Chaidh riochdairean air chuairt air feadh na h-Alba a’ toirt seachad comhairle agus taic-airgid do mhòran a bha an dòchas imrich a dhèanamh a Chanada le taic bho riaghaltasan air feadh na h-Ìmpireachd.
	Bha an Salvation Army, a bha a’ cumail a-mach tràth san 20 ^{mh} linn gur iad a’ bhuidheann eilthireachd as motha san t-saoghal, gnìomhach ann an Alba an dà chuid ron chogadh agus às dèidh a’ chogaidh, a’ toirt seachad taic le cosgaisean siubhail, agus le comhairle cosnaidh do bhoireannaich shingilte, fir gun obair, agus inbhich òga.	Bhrosnaich carthannasan leithid an Salvation Army mòran dhaoine gus imrich a dhèanamh thall-thairis le bhith a’ toirt seachad comhairle agus le bhith a’ cuideachadh le pàigheadh faraidhean dhaibhsan a bha airson eilthireachd a dhèanamh à Alba.
	Sealladh iomlan — Chuidich buidhnean Albannaich gus eilthireachd a dhèanamh.	
	Puing air a chomharrachadh ann an Stòr B	An seòrsa beachd a tha a’ sealltainn gu bheil an tagraiche air am beachd/na beachdan cudromach a mhineachadh
	Dh’fhalbh tòrr mòr Albannaich gus feuchainn ri beartas fhaighinn ann an lorgan òir (<i>gold rushes</i>) ann an Canada agus Astràilia.	Bha Albannaich ag iarraidh eilthireachd a dhèanamh gus feuchainn ri beartas fhaighinn mar thoradh air lorgan òir.
	Às dèidh sin, ged a bha an eilthireachd a’ leantainn air adhart, ’s ann às a’ Ghalltachd as motha a bha e, air a stiùireadh chan ann le bochdainn ach le dùil ri cothroman na b’ fheàrr le fearann saor agus uaireannan an-asgaidh ann an dùthchannan na h-Iompaireachd.	Bha tuathanaich air a’ Ghalldachd a’ faicinn fearann an-asgaidh mar fhìor dheagh chothrom agus mar sin rinn iad eilthireachd.

Chaidh 25 millean acair a riarachadh do Chompanaidh Rathad-iarainn a' Chanadian Pacific eadar Winnipeg agus na Rockies ann an 1880 oir bha feum aca air solar cunbhalach de dh'eilirich Albannach, an dà chuid fireannaich agus boireannaich, gus an roinn mhòr seo a lìonadh le tuathanasan is bailtean, rud a bha na adhbhar brosnachaidh do mhòran Albannaich bhochda.

Bha feum aig Canada air slugh nas motha agus thug Companaidh rèile Chanèidianach cothroman na b' fheàrr ann an Canada gus Albannaich a bhrosnachadh gus eilthreachd a dhèanamh.

Sealladh iomlan — Bha Albannaich air am brosnachadh gus eilthreachd a dhèanamh mar thoradh air cothroman nas fheàrr.

Dh'fhaodadh puingeann dearmaid cudromach a bhith a' gabhail a-steach

- ◆ Thog Comann Eilthreachd na Gàidhealtachd is nan Eilean airgead agus chuidich iad croitearan bochda gus Alba fhàgail airson a dhol gu Astràilia agus Canada
- ◆ Bha an riaghaltas cuideachd a' brosnachadh eilthreachd tro Choimiseanairean Fearainn is Eilthreachd Colonaideach. Bha taic a' gabhail a-steach tabhartasan fearainn agus cuideachadh le cosgaisean siubhail. Chaidh maoinachadh dìreach airson eilthreachd a thoirt seachad tro Achd Tuineachadh na h-Ìmpireachd 1922
- ◆ chaidh leabhraichean-iùil fhoillseachadh gus eilthirich a chuideachadh, leithid *Hints on Emigration to Upper Canada* cuideachd còmhla ri postairean le fiosrachadh agus brosnachadh do dhaoine a dh'fhaodadh a bhith nan eilthirich.
- ◆ dh'fhoillsich pàipearan-naidheachd ann an Alba artaigilean a' toirt taic do dh'eilthreachd a Chanada, Astràilia agus Sealan Nuadh
- ◆ Bha Canada agus Sealan Nuadh tarraingeach do thuathanaich Albannach leis gun fearann torrach nas saoire ann
- ◆ ann an Astràilia agus Sealan Nuadh, bha tuathanachas chruidh is chaorach nan ghnìomhachasan soirbheachail, agus mar sin chaidh tòrr dhaoine a tharraing leis a' chomas fhortan a dhèanamh
- ◆ bha eilthreachd tarraingeach do luchd-obrach sgileil às na bailtean le tuarastal nas àirde agus cothroman-obrach nas fheàrr
- ◆ chaidh cuid de dh'Albannaich a thàladh leis na cothroman tasgaidh thall thairis ann an tuathanachas, mèinneadh agus anns na rathaidean-iarainn
- ◆ Rinn Albannaich eilthreachd air sgàth taic ionmhais bho chàirdean. Bhiodh càirdean gu tric a' pàigheadh airson faraidhean agus a' toirt seachad cuideachadh nuair a ruigeadh daoine an dùthaich ùr
- ◆ bha litrichean dhachaigh bho chàirdean is charaidean a bha air eilthreachd a dhèanamh mar-thà a' toirt cunntas air na rudan a bha tarraingeach mu bheatha nan coloinidhean agus ag innse mu shoirbheachas eilthirich Albannach cudromach ann a bhith a' brosnachadh Albannaich gus gluasad a-null thairis
- ◆ is dòcha gun robh a' ghnàth-shìde nas fheàrr thall thairis gu leòr gus toirt air cuid eilthreachd a dhèanamh
- ◆ bha mòran fhìreannach meadhan-chlas òga air an tàladh leis na cothroman obrach anns na h-Innseachan leithid seirbheisich chatharra, dotairean agus luchd-lagha

Puing mìneachaidh iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a tha air am mìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh coitcheann airson ceist den t-seòrsa seo.

Buaidh a' Chogaidh Mhòir, 1914–1928

2	Faodaidh oileanaich comharran fhaighinn ann an grunn dhòighean suas gu 10 comharran aig a' char as motha .	
	Puing air a chomharrachadh ann an Stòr A	An seòrsa beachd a tha a' sealltainn gu bheil an tagraiche air am beachd/na beachdan cudromach a mhìneachadh
	Ron chogadh bha taic cha mhòr co-ionann aig na pàipearan ris na Làbaraich agus ris na h-Aonachdaich ach às dèidh sin, ghluais na meadhanan gu mòr a dh'ionnsaigh nan Tòraidhean. Ann am bailtean mòra leithid Glaschu agus Dùn Dè, bha pàipear làitheil taiceil aig an dà phàrtaidh ach ro mheadhan nan 1920an, bha na pàipearan Libearalach sin uile air falbh.	Chaidh pàipearan-naidheachd Libearalach traidiseanta à bith agus chaidh pàipearan-naidheachd a bha an taiceil do na h-Aonachdaich a stèidheachadh nan àite.
	Ann an Glaschu, chaidh an <i>Daily Record</i> , a bha air a bhith a' toirt taic gu mòr ris na Libearalaich, a cheannach le luchd-gnìomhachais a bha taiceil do na Tòraidhean, agus dh'atharraich am poilittigs mar thoradh air sin, agus e a-nis a' moladh an Aonaidh agus a' Phàrtaidh Thòraidhich.	Mar thoradh air crìonadh a' Phàrtaidh Libearalach thoisich an <i>Daily Record</i> a bha uair a' toirt taic dhaingeann dhaibh a bhith a' toirt taic do na h-Aonachdaich.
Nuair a nochd pàipearan-naidheachd ùra, bha iad taiceil do na Tòraidhean: bha an <i>Glasgow Bulletin</i> , a chaidh a chur air bhog ann an 1915, ag amas air luchd-leughaidh meadhan-chlas-ìosal le beachdan Tòraidheach oir bha pàipearan-naidheachd leithid an <i>Sunday Post</i> a bha a' toirt taic làidir do na h-Aonachdaich, a thòisich ann an 1914, air a leughadh le cha mhòr a h-uile duine air feadh na h-Alba.	Bha teachdaireachd Aonachdach làidir aig an <i>Sunday Post</i> , pàipear-naidheachd a bha air a leughadh gu farsaing air feadh na h-Alba, a bharrachd air pàipearan-naidheachd eile, leithid <i>the Glasgow Bulletin</i> , chaidh a chuir air bhog le teachdaireachd Aonachdach làidir.	
Sealladh iomlan - chuidich pàipearan-naidheachd gus cur ris an taic do dh'Aonachdachd.		
Puing air a chomharrachadh ann an Stòr B	An seòrsa beachd a tha a' sealltainn gu bheil an tagraiche air am beachd/na beachdan cudromach a mhìneachadh	
Tha e soilleir gun robh tòrr luchd-bhòtaidh Aonaidheach am measg a' chlas-obrach ann an Glaschu, ach, chuir luchd-poilitigs agus acadaimigich cudromach uile ri beachd a bha a' fàs gun robh na h-Èireannaich Chaitligeach, agus an ceangal a bh' aca ri poileataigs na làimhe clì, nan cunnart.	Chaidh taic a thoirt do dh'Aonachdachd mar thoradh air eagal ro Shòisealachd, gu sònraichte ann an Glaschu.	
Bha an dearbh-aithne Aonaidheach sin a' gabhail a-steach nàimhdeas do na h-Èireannaich no, airson a bhith nas mionaidiche, na h-Èireannaich Chaitligeach. Bha Orainseachd riamh na h-eileamaid	Bha gràin-creideimh agus an t-Òrdugh Orainseach nam pàrtean ro-chudromach anns an àrdachadh taic do dh'Aonachdachd.	

chudromach ann an Tòraidheachd a' chlas-obrach, le riochdachadh dìreach aig an Òrdugh Orainseach air roinn an iar agus comann Ghlaschu a' phàrtaidh.	
Bha Eaglais na h-Alba gu mòr an aghaidh nan Làbarach agus airson an Aonaidh rè bliadhnaichean a' chogaidh agus chuir i a' choire air na h-Èireannaich gun deach bhotadh airson nam Ball Pàrlamaid 'Red Clydeside' ann an 1922, a bharrachd air a bhith ag ràdh gun robh a' mhòr-chuid de cheannardan nan Làbarach nan Èireannach.	Thug Eaglais na h-Alba ionnsaigh air a' Phàrtaidh Làbarach Neo-eisimeileach (ILP) agus air na poileasaidhean aca ann an Alba agus chuir seo ri fàs ann an Aonachdachd air feadh na dùthcha.
Sealladh iomlan - dh'adhbhraich eagal ro Shòisealachd agus/no ro na h-Èireannaich Chaitligeach fàs ann an taic do Aonachdachd.	

Dh'fhaodadh puingeann dearmaid cudromach a bhith a' gabhail a-steach

- ◆ bha mòran taic institiùideach do na h-Aonachdaich air sgàth eagal ro ar-a-mach. A bharrachd air mòran phàipearan-naidheachd, bha oilthighean agus proifeisean an lagha airson an Aonaidh
- ◆ Bha na h-Aonachdaich air an deagh stiùireadh agus chleachd iad dòighean ùra leithid an taigh-dhealbh gus am beachdan a chur an cèill
- ◆ bha eagal air na meadhan-chlasaichean cuideachd ro Chomannachd oir bha Comannaich air smachd a ghabhail air an Ruis ann an ar-a-mach. Bha dragh orra gun tachradh an aon rud ann an Alba, gu h-àraidh nuair a bha pàipearan-naidheachd Tòraidheach a' cur eagal air daoine le sgeulachdan mu 'aimhreit ann an Ceàrnag Sheòrais'
- ◆ Fhuair Pàrtaidh Aonaidh na h-Alba buannachd bho bhith air fhaicinn mar pàrtaidh an lagh is òrdugh, a bha tarraingeach do na meadhan-chlasaichean, gu h-àraidh às dèidh aimhritean Ceàrnag Sheòrais
- ◆ cha robh Rùnaire na h-Alba Robert Munro agus an Caibineat a' faicinn na Stailc 40 Uairean a Thìde agus fhianais a chaidh a thogail ann an Ceàrnag Sheòrais, far an robh a' bhratach dhearg aig daoine agus aimhritean, mar stailc ach mar 'Ar-a-mach Bolshevist'
- ◆ Bha Aonachdachd a' còrdadh ri luchd-bhòtaidh air an robh an t-eagal mu fhàs a' Phàrtaidh Làbaraich
- ◆ bha am Pàrtaidh Tòraidheach (ris an canar cuideachd Aonachdaich na h-Alba) air fhaicinn mar phàrtaidh a' ghràidh-dùthcha agus na h-Ìmpireachd
- ◆ Dh'obraich Pàrtaidh Aonachdach na h-Alba gu cruaidh gus taic a thogail ann an sgìrean dùthchail
- ◆ bha crìonadh fad-ùine anns a' bhòt Libearalach, mar eisimpleir, cha d' fhuair iad ach 9 seataichean ann an taghadh 1924
- ◆ ged a thuit a' bhòt Aonachdach ann an 1922, san ùine fhada rinn am pàrtaidh gu math anns na bliadhnaichean eadar-chogaidh ann an Alba, a' faighinn 38 suidheachain san dàrna taghadh ann an 1924.
- ◆ às dèidh a' chogaidh, bha mòran de na tagraichean Tòraidheach ann an taghaidhean nam fir a bha san arm agus bha seo tarraingeach do mhòran den luchd-bhòtaidh
- ◆ bha poileasaidhean a' Phàrtaidh Aonachdaich ag amas air luchd-bhòtaidh meadhan-chlas
- ◆ fhuair am Pàrtaidh Aonachdach luchd-bhòtaidh boireannaich ùra le bhith a' gealltainn cuideachadh gus taic a chumail ris an teaghlach
- ◆ Bha gu leòr luchd-taic beartach aig na h-Aonachdaich agus mar sin bha am pàrtaidh air a dheagh mhaoineachadh
- ◆ Thuirt Aonachdaich gun robh iad a' riochdachadh moraltachd agus luachan traidiseanta.

Puing mìneachaidh iomchaidh sam bith eile a tha a rèir nan slatan-tomhais a tha air am mìneachadh anns an stiùireadh ceartachaidh coitcheann airson ceist den t-seòrsa seo.

Fiosrachadh rianachd

Air fhoillseachadh: An Cèitean 2024 (tionndadh 5.0)

Eachdraidh atharrachaidhean

Tionndadh	Iomradh air na h-atharrachaidhean	Ceann-latha
2.0	Notaichean taic cùrsa air an cur ris mar phàipear-taic 1.	An t-Sultain 2018
3.0	Eisimpleirean de cheistean air an cur ris mar Phàipear-taice 2. Peanas air a chur ris an earrainn 'Fianais ri thionail' airson suidheachadh far nach tèid duilleag stòran a chur a-steach. An earrann mu 'chuideachadh reusanta' air a h-ùrachadh.	An Lùnastal 2019
4.0	Tuairisgeul air an t-susbaint air a shoilleireachadh airson Earrannan Albannach A–E air taobhan-duilleig 21–25. 'Coimeasach' air a thoirt air falbh bho cheann pàipear-taice 2. Eisimpleir de cheist 2 air ath-sgrìobhadh air taobh-duilleig 59.	An Giblean 2023
5.0	Thathar air an clàr san roinn 'Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa' ath-ùrachadh mar a leanas: <ul style="list-style-type: none">◆ Breatainn, Pàirt C — ainm na roinne air atharrachadh bho 'Malairt Atlantaigeach nan tràilleann' gu 'A' mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd'◆ Breatainn, Pàirt C: A' mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd, prìomh chùis 1 — thathar air an dàrna peilear san iomradh air susbaint atharrachadh bho 'Ìnnseachan an Iar' gu 'Carai beach'◆ air feadh Pàirt C, thathar air atharrachaidhean a dhèanamh don bhriathrachas a chaidh a chleachdadh a thaobh nan Ameireaganach Tùsanach◆ briathrachas air ath-ùrachadh air fheadh mar a leanas: coimhearsnachd Dhubh, ceannardan Dubha, agus Ameireaganaich Dhubha	An Cèitean 2024

Nota: thathar a' comhairleachadh dhuibh sùil a thoirt air làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil sibh a' cleachdadh an tionndaidh as ùire den sgrìobhainn seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2018, 2019, 2023, 2024